Bòrd na Gàidhlig

A' Chomataidh Poileasaidh is Ghoireasan
Coinneamh air Dimàirt 09/06/2020 10.00 - 12.15
Air-loidhne tro MS TEAMS

Policy & Resources Committee
Meeting on Tuesday 09/06/2020 10.00 - 12.15
On-line via MS TEAMS

CLÀR-GNOTHAICH / AGENDA

	Seisean Fosgailte	**Open Session**	10.00
2.0	**IONMHAS**	**FINANCE**	
2.3	**RI DHEASBAD** Aithisg Ionmhais gu 27.05.2020 *Ailig Greumach, Ceann an Ionmhais*	**FOR DISCUSSION** Finance Report to 27.05.2020 *Alex Graham, Head of Finance*	10.00-10.15
2.4	**FIOSRACHADH LABHAIRTEACH** An Aithisg Bhliadhnail is Cunntasan 2019-20 *Ailig Greumach, Ceann an Ionmhais*	**VERBAL UPDATE** Annual Report and Accounts 2019-20 *Alex Graham, Head of Finance*	10.15-10.25
2.5	**RI AONTACHADH** Maoineachadh (£15K <> £40K) GLAIF 20-21 *Steven Kellow, Oifigear Maoineachaidh 's Phròiseactan*	**FOR DECISION** Funding (£15K <> £40K) GLAIF 20-21 *Steven Kellow, Funding and Projects Officer*	10.25-10.40
3.0	**RIAGHLADH CORPORRA**	**CORPORATE GOVERNANCE**	
	RI DHEASBAD Plana Gnìomh 2020/21 - Sgrùdadh *Shona NicIllinnein, Ceannard*	**FOR DISCUSSION** Operational Plan 2020/21 – Monitoring *Shona MacLennan, Ceannard*	10.40–10.50
	Beàrn	**Break**	10.50-11.00
4.0	**CLEACHDADH**	**USAGE**	
4.1	**RI AONTACHADH** Planaichean Gàidhlig PT1 – Comhairle na h-Eaglaise Brice *Daibhidh Boag, Stiùiriche Planadh Cànain is Leasachaidhean Coimhearsnachd*	**FOR DECISION** Gaelic Language Plans PT1 - Falkirk Council *David Boag, Dir of Language Planning & Community Developments*	11.00- 11.15

Pàipearan Fiosrachaidh

- Tha pàipearan '*Airson Fiosrachadh*' airson toirt fa-near agus chan eil ùine deasbaid no còmhraidh air a cur mun coinneamh sa chlàr-ghnothaich.
- Far a bheil cothrom ann deasbad is còmhradh a chumail air pàipearan '*Airson Fiosrachadh*', bidh na pàipearan sin air an comharrachadh le rionnag * air a' chlàr-ghnothaich.

4.2	**AIRSON FIOSRACHADH** * Buaidh bho thaic BnG air obair òigridh *Steven Kellow, Oifigear Tabhartasan agus Phròiseactan*	**FOR INFORMATION** * The Impact of BnG support on youth work *Steven Kellow, Funding and Projects Officer*	11.15-11.30
4.3	**AIRSON FIOSRACHADH** * Buaidh air pròiseactan le taic bho BnG ri linn COVID-19 *Steven Kellow, Oifigear Tabhartasan agus Phròiseactan*	**FOR INFORMATION** * The impact of COVID-19 on BnG funded projects *Steven Kellow, Funding and Projects Officer*	11.30- 11.45
5.0	**IONNSACHADH**	**LEARNING**	
5.1	**AIRSON FIOSRACHADH** * Pròiseactan foghlaim – fiosrachadh as ùr *Seumas Whannel, Stiùiriche Foghlam Gàidhlig*	**FOR INFORMATION** * Education projects – updates *Jim Whannel, Director of Gaelic Education*	11.45–12.00
6.0	**CÙISEAN CORPORRA**	**CORPORATE MATTERS**	
6.1	**AIRSON FIOSRACHADH** Ro-innleachd ICT *Louise NicIlleathain, Manaidsear Gnìomhan*	**FOR INFORMATION** ICT Strategy *Louise Maclean, Operations Manager*	
6.2	**FIOSRACHADH LABHAIRTEACH** Suirbhidh Luchd-obrach 2020 *Louise NicIlleathain, Manaidsear Gnìomhan*	**VERBAL UPDATE** Staff Survey 2020 *Louise Maclean, Operations Manager*	12.00-12.10
7.0	**PLANA OBRACH NA COMATAIDH**	**COMMITTEE WORK PLAN**	
	RI AONTACHADH Dreachd Plana Obrach na Comataidh Poileasaidh is Ghoireasan *Shona NicIllinnein, Ceannard*	**FOR DECISION** Policy & Resources Committee Draft Work Plan *Shona MacLennan, Ceannard*	12.10-12.15
8.0	**GNOTHACH IOMCHAIDH SAM BITH EILE**	**ANY OTHER BUSINESS**	

Ceann-latha na h-ath choinneamhan: ri dhearbhadh

Date for the next meetings: to be confirmed

Pàipearan Fiosrachaidh

- Tha pàipearan '*Airson Fiosrachadh*' airson toirt fa-near agus chan eil ùine deasbaid no còmhraidh air a cur mun coinneamh sa chlàr-ghnothaich.
- Far a bheil cothrom ann deasbad is còmhradh a chumail air pàipearan '*Airson Fiosrachadh*', bidh na pàipearan sin air an comharrachadh le rionnag * air a' chlàr-ghnothaich.

Seisean Fosgailte
Cuspair 2.3

A' freagairt ri	A' Chomataidh Poileasaidh is Ghoireasan
Ceann-latha na Coinneimh	09/06/2020
Àite:	Air-loidhne tro MS TEAMS
Nì a' Chlàir-ghnothaich	2.3

Tiotal a' Phàipeir	Aithisg Ionmhais gu 27 Cèitean 2020	
Moladh do Bhuill	Airson Fiosrachadh	
Neach labhairt:	Ailig Greumach	
Cùrsa Riaghlachais airson na h-Aithris	**Ceann-latha na Coinneimh**	**Seòrsachadh na h-Aithris**
Sgioba Stiùiridh	27/05/2020	Airson Fiosrachadh
Pàipear-taice air a cheangal ris	Paipear Taic 1 - Aithisg Ionmhais 27.05.2020	

1.0	**Adhbhar**
1.1	Fiosrachadh a thoirt dhan a' Chomataidh mu suidheachadh an ionmhais bho 1 Giblean 2020 gu 27 Cèitean 2020.
2.0	**Cùl-fhiosrachadh**
2.1	'Se amas a' phàipeir seo an aithisg ionmhais a thoirt do Bhuill na Comataidh gu 27 Cèitean 2020 (mìos 2 a mach à 12).
2.2	Chaidh buidseat na bliadhna 2020-21 aontachadh san Fhaoilleach 2020 le prìomh fhigearan mar leanas:

	£m
Teachd-a-steach:	
Tabhartas-gus-Cuideachadh	5.179
Teachd-a-steach eile (CnP)	0.100
IOMLAN	**5.279**
Cosgaisean:	
Leasachadh	3.770
Cosgaisean Ruith	1.509
IOMLAN	**5.279**

2.2	Tha Tabhartas-gus-Cuideachadh air a dhearbhadh le Riaghaltas na h-Alba airson 2020-21.
2.3	Bho chaidh am buidseat seo aontachadh tha an galar Covid-19 air tuiteam air an dùthaich, le buaidh nach urrain a thomhais an dràsta air obair a' Bhùird. Bidh buaidh ann air a' Bhòrd fhèin. agus cuideachd air na buidhnean ris a bheil taic na chumail, a' cur mail/stad/dàil orra neo a toirt orra atharrachadh na modhan-obrach aca airson beagan ùine co-dhiù.
2.4	Thairis air an t-samhradh thèid coimhead ri buidseatan airson an ùrachadh ann an solus an fhiosrachadh an uairsean. Thathas a coimhead ri buidseatan ùra chur air adhart airson Coinneamh a' Bhùird san t-Sultain.

Seisean Fosgailte
Cuspair 2.3

Geàrr-iomradh 27 Cèitean 2020	Expenditure Year to Date	Budget Year to Date	Variance Year to Date	Annual Budget
Geàrr-iomradh	**£m**	**£m**	**£m**	**£m**
Leasachadh - Cleachdadh	0.267	0.417	(0.150)	1.667
Leasachadh - Ionnsachadh	0.124	0.325	(0.201)	1.740
Leasachadh - Brosnachadh	0.105	0.125	(0.020)	0.363
Leasachadh – IOMLAN	0.496	0.867	(0.371)	3.770
Cosgaisean Ruith	0.203	0.252	(0.049)	1.509
IOMLAN	**0.699**	**1.119**	**(0.420)**	**5.279**
Teachd-a-steach:				
Tabhartas gus Cuideachadh				5.179
Teachd-a-steach eile (CnP etc)				0.100
IOMLAN				**5.279**

3.0	**Prìomh Aithris/Fiosrachadh**
3.1	Aig an t-àm seo, le figearan dà mhìos an ri làimh agus suidheachadh gu tur neo-àbhaisteach ann, chan urrain co-dhùnadh soillear a tharraing bhon fhiosrachadh. Air taobh **Leasachaidh** tha cosgaisean air tuiteam air deireadh a bhuidseat mu 43%, gu math nas àrda na bh'ann an uiridh (22%). Le bhi cho tràth sa bhliadhna ionmhais tha e duilich bhi cinnteach a bheil mòran buaidh Covid ann an seo, or tha e comanta dha buidhnean a bhi beagan air deireadh sna miosan aig toiseach na bliadhna. Bi an dealbh gu math nas soillear ann an mìos neo dhà eile. Air taobh **Chosgaisean Ruith** tha iad seo air tuiteam air deireadh a bhuidseat mu 19% (2019 – 9%). Tha raontain ann le sabhalaidhean m.e. tuarasdail, siubhal ach feadhainn eile far nach eil ann ach dàil m.e. taic profeiseanta, cosgaisean thogalaichean. Cha thuit Cosgaisean Ruith glè mhòr thairis na bliadhna leis gu bheil an earran as motha (72%) ann an tuarasdail. Cosgaisean ag èiridh a mach a **Covid** dhan bhuidhean: timcheall air £3k air bhi air chosg air rudan mar uidheamachd, ICT co-cheangailte ri sgioba ag obair bhon dachaidhean Air an t-àm seo, chan eil e comasach beachd a thoirt air ciamar a thionndaidheas gnothaichean a mach airson na bliadhna air fad.
4.0	**Moladh**
4.1	Thathas ag iarraidh air Buill beachdachadh air an aithisg seo agus toirt fa-near an fhiosrachadh.
5.0	**Prìomh Bhuaidhean Ro-innleachdach**
5.1	**Buaidhean air Ionmhas**
	Buaidh air buidseatan a rèir na tha air ainmeachadh gu h-àrd.
5.2	**Buaidhean air Luchd-obrach**
	Chan eil gin ann.
5.3	**Buaidhean air Trèanadh**
	Chan eil gin ann.

Seisean Fosgailte
Cuspair 2.3

5.4	**Ceanglaichean ri Amasan Ro-innleachadh agus Corporra**			
	Tha am pàipear seo a toirt taic dhan Chomataidh ann an coileanadh nan amasan airson na bliadhna.			
5.5	**Buaidhean air Cliù**			
	AR N-ADHBHAR	**AR LUACHAN**		
	Fòcas air a bhith a' cruthachadh dùthaich nas soirbheachaile le cothroman do dh'Alba air fad soirbheachadh tro bhith a' cur ri sunnd, agus ri fàs eaconamach seasmhach agus in-ghabhalach	'S e comann-sòisealta a th' annainn a tha a' dèiligeadh ri ar sluagh le caoimhneas, urram agus co-fhaireachdainn, a' toirt spèis do riaghladh an lagha, agus a tha ag obair ann an dòigh a tha fosgailte agus follaiseach		
	AR LUACHAN BUILEAN NÀISEANTA			
	Còraichean daonna	☐	Clann	☐
	Cultar	☐	Coimhearsnachdan	☐
	Àrainneachd	☐	Bochdainn	☐
	Slàinte	☐	Eadar-Nàiseanta	☐
	Foghlam	☐	Eaconamaidh	☐
	Gnothachasan soirbheachail is ùr-ghnàthach	☐		
5.6	**Buaidhean air Slàinte is Sàbhailteachd**			
	Chan eil gin ann.			
5.7	**Buaidhean Laghail**			
	Chan eil gin ann.			
5.8	**Buaidhean air Co-ionannanachd**			
	Chan eil gin ann.			

Seisean Fosgailte
Cuspair 2.3

Bòrd na Gàidlig Management Reports	Expenditure Current Month	Expenditure Year to Date	Budget Year to Date	Variance Year to Date	Annual Budget	Expenditure to Previous Month
27 May 2020						
	£	**£**	**£**	**£**	**£**	**£**
Gaelic Usage						
ACG - Local Mòds Delivery	-	**2,500**	**2,500**	-	**5,000**	2,500
Hubs - An Tosgan Rent & Costs	-	**-**	**6,250**	(6,250)	**25,000**	-
Fèisean nan Gàidheal - Contribution to Core Costs	-	**-**	**15,300**	(15,300)	**30,600**	-
Feisean nan Gaidheal - Sgoil Samhraidh Drama	-	**-**	**10,000**	(10,000)	**20,000**	-
Feisean na Gaidheal - Song Writing	-	**-**	**25,000**	(25,000)	**50,000**	-
Feisean na Gaidheal -Fèis TV	-	**-**	**5,000**	(5,000)	**10,000**	-
CnL - Contribution to Core Costs	-	**45,135**	**45,135**	-	**90,270**	45,135
CnL - Gaelic Publishing Grants	-	**34,500**	**34,500**	-	**69,000**	34,500
CNAG - Iomairtean	-	**79,050**	**79,050**	-	**316,200**	79,050
CNAG - National Youth Programme	-	**5,000**	**5,000**	-	**20,000**	5,000
An Lochran - Contribution to Core Costs	-	**-**	**7,000**	(7,000)	**14,000**	-
An Lochran - Annual Programme	-	**-**	**3,500**	(3,500)	**7,000**	-
An Lochran - An Leanag Lease & Service costs	998	**2,140**	**480**	1,660	**480**	1,142
ICCI - Gaelic Usage Programme	-	**7,625**	**7,625**	-	**30,500**	7,625
Tobar An Dualchais - Contribution to Core Costs	-	**-**	**-**	-	**18,750**	-
Canan - FilmG	-	**-**	**19,000**	(19,000)	**19,000**	-
Ceòlas - Sgoil Shamhraidh	-	**4,400**	**5,000**	(600)	**10,000**	4,400
Cèolas - Tachartasan	-	**-**	**5,000**	(5,000)	**10,000**	-
Acair - Contribution to Core Costs	13,770	**13,770**	**13,770**	-	**27,540**	-
Theatre gu Leor - Contribution to Core Costs	22,185	**22,185**	**22,185**	-	**44,370**	-
Theatre gu Leor - Creative Learning Programme	5,750	**5,750**	**5,750**	-	**11,500**	-
Collaboration Fund	-	**1,140**	**-**	1,140	**30,000**	1,140
Covid-19 Support Fund	-	**-**	**-**	-	**50,000**	-
GLAIF- Gaelic Language Plans Support - Usage	-	**9,600**	**30,000**	(20,400)	**350,000**	9,600
GLAIF- Gaelic Language Plans Support - Iomairtean	-	**12,400**	**-**	12,400	**82,065**	12,400
Taic Freumhan Coimhearsnachd (TFC) [Community Grants	3,060	**7,135**	**60,000**	(52,865)	**168,500**	4,075
Colmcille [Irish Partnership]	3,889	**13,789**	**10,000**	3,789	**80,000**	9,900
Gaelic Arts Projects	-	**700**	**-**	700	**25,000**	700
Discretionary National Gaelic Language Plan Projects	-	**-**	**-**	-	**2,000**	-
Corpus Development	-	**-**	**-**	-	**50,000**	-
Total Gaelic Usage	**49,652**	**266,819**	**417,045**	**(150,226)**	**1,666,775**	**217,167**
Gaelic Learning						
An Seotal (Online terminology)	-	**-**	**3,750**	(3,750)	**15,000**	-
Resources; 0-5, Primary, Secondary, Adult	-	**-**	**50,000**	(50,000)	**200,000**	-
Storlann - An t-Alltan	-	**-**	**15,000**	(15,000)	**60,000**	-
Storlann - Prelims	-	**-**	**2,500**	(2,500)	**10,000**	-
Feisean nan Gaidheal - Feis Sgoil	-	**-**	**30,000**	(30,000)	**60,000**	-
CnL - Training Programme	-	**5,500**	**5,500**	-	**11,000**	5,500
Comann nam Parant (CnamP)	-	**31,875**	**31,875**	-	**127,500**	31,875
ICCI - Gaelic Tuition	-	**12,240**	**12,240**	-	**48,960**	12,240
Tobar An Dualchais - Contribution to Core Costs	-	**-**	**-**	-	**6,250**	-
Faclair na Gaidhlig - Contribution to Core Costs	-	**38,250**	**38,250**	-	**76,500**	38,250
MG Alba - Learn Gaelic	6,420	**6,420**	**-**	6,420	**24,865**	-
Ceòlas - GIFT	-	**-**	**6,000**	(6,000)	**-**	-
Ceòlas - Curriculum	-	**-**	**17,850**	(17,850)	**35,700**	-
Ceòlas - Clasaichean Coimhearsnachd	-	**-**	**1,000**	(1,000)	**2,000**	-
Acair - Gaelic Publishing Programme	10,000	**10,000**	**10,000**	-	**20,000**	-
GLAIF - GIFT	-	**-**	**70,000**	(70,000)	**340,000**	-
GLAIF - Learning	-	**8,136**	**-**	8,136	**200,000**	8,136
Early Years Support Scheme	3,960	**6,120**	**31,500**	(25,380)	**189,000**	2,160
Education and Learning Projects	-	**1,848**	**-**	1,848	**90,000**	1,848
Collaboration Fund	-	**-**	**-**	-	**30,000**	-
Covid-19 Support Fund	-	**-**	**-**	-	**50,000**	-
ITE Support	2,200	**2,200**	**-**	2,200	**75,000**	-
Data and Information Commissions	1,000	**1,000**	**-**	1,000	**50,000**	-
Canadian Scholarships	-	**-**	**-**	-	**8,000**	-
Teacher Recruitment Events	-	**-**	**-**	-	**10,000**	-
Total Gaelic Usage	**23,580**	**123,589**	**325,465**	**(201,876)**	**1,739,775**	**100,009**

Seisean Fosgailte
Cuspair 2.3

Gaelic Promotion											
ACG - Contribution to Core Costs	-		**21,675**		**21,675**		-		**43,350**		21,675
ACG -Royal National Mòd Delivery	-		**26,250**		**26,250**		-		**52,500**		26,250
Feisean nan Gaidheal - Blas Festival	-		**-**		**10,000**		(10,000)		**20,000**		-
CnL - Marketing	-		**3,750**		**3,750**		-		**7,500**		3,750
CnL - Duais Dhòmhnall Meek	-		**1,500**		**1,500**		-		**3,000**		1,500
ICCI - Contribution to Core Costs	6,375		**6,375**		**6,375**		-		**25,500**		-
Ainmean Àite na h-Alba - Contribution to Core Costs	-		**40,800**		**40,800**		-		**81,600**		40,800
Acair - Marketing	5,000		**5,000**		**5,000**		-		**10,000**		-
GLAIF - Promotion	-		**-**		**-**		-		**20,000**		-
Collaboration Fund	-		**-**		**-**		-		**20,000**		
Marketing Campaigns & Duaisean Gaelic	-		**125**		**10,000**		(9,875)		**80,000**		125
Total Gaelic Promotion	**11,375**		**105,475**		**125,350**		**(19,875)**		**363,450**		**94,100**
Total Development Spend	**84,607**		**495,883**		**867,860**		**(371,977)**		**3,770,000**		**411,276**

Running Costs

27 May 2020	**Expenditure Current Month**		**Expenditure Year to Date**		**Budget Year to Date**		**Variance Year to Date**		**Annual Budget**		**Expenditure to Previous Month**
Staff Costs	90,301		173,656		185,536		(11,880)		1,113,231		83,355
Premises Costs	156		312		2114		-1802		12684		156
Travel & Hospitality	0		1,276		12,164		(10,888)		72,938		1,276
IT Costs	13,347		16,160		14,388		1,772		86,323		2,813
Shared Service Costs	-		-		12,166		(12,166)		73,000		-
Professional Fees	2,488		4,653		11,586		(6,933)		69,514		2,165
Other Costs	5,953		6,463		13,550		(7,087)		81,310		509
Capital Expenditure	-		-		-		0		-		-
Total Running Cost Spend	**112,245**		**202,519**		**251,504**		**(48,985)**		**1,509,000**		**90,274**

27 May 2020	**Expenditure Current Month**		**Expenditure Year to Date**		**Budget Year to Date**		**Variance Year to Date**		**Annual Budget**		**Expenditure to Previous Month**
Total Organisation Spend	**196,852**		**698,402**		**1,119,364**		**(420,962)**		**5,279,000**		**501,550**

Seisean Fosgailte
Cuspair 2.5

A' freagairt ri	A' Chomataidh Poileasaidh is Ghoireasan
Ceann-latha na Coinneimh	26/05/2020
Àite:	Aig astar
Nì a' chlàr-ghnothaich	2.5

Tiotal a' Phàipeir	Iarrtasan GLAIF 2020/21	
Moladh do Bhuill	Ri aontachadh	
Neach-labhairt:	Steven Kellow, Oifigear Maoineachaidh is Phròiseactan	
Air ullachadh le:	Steven Kellow, Oifigear Maoineachaidh is Phròiseactan	
Cùrsa Riaghlaidh airson na h-Aithris	**Ceann-latha na Coinneimh**	**Seòrsachadh na h-Aithris**
Sgioba-stiùiridh	13/5/2020	Airson Aontachadh
Pàipear-taice air a cheangal ris	Chan eil gin	

1	**Adhbhar**
1.1	A' sireadh aonta bhon Chomataidh Poileasaidh is Ghoireasan gus taic a thoirt do 10 pròiseactan, agus gus taic ann am prionnsapal a thoirt do 2 phròiseact, is gus 2 iarrtas a dhiùltadh, aig ìre thairis air £15,000 agus nas ìsle na £40,000 tro sgeama taic-airgid GLAIF 2020/21.
1.2	A' toirt molaidhean taic-airgid a chaidh a chur chun an Sgioba-stiùiridh agus chun a' Bhùird—stiùiridh fa-near do bhuill na Comataidh.
2.	**Cùl-fhiosrachadh**
2.1	Bha sgeama 2020/21 fosgailte eadar 7 Faoilleach agus 16 Giblean 2020.
2.2	A thaobh suidheachadh COVID-19, bhathar a' toirt fa-near gun robh e duilich do chuid de bhuidhnean (is iad gu mòr an sàs ann a bhith freagairt feumalachdan sònraichte a tha air nochdadh air sgàth a' bhìorais) iarrtasan a chur a-steach. Mar sin chaidh cead a thoirt seachad do bhuidhnean na h-iarrtasan aca a chur a-steach às dèidh a' chinn-latha airson iarrtasan. Thathar mothachail gu bheil cuid de bhuidhnean a tha an dùil iarrtas(an) a chur a-steach fhathast gun sin a dhèanamh.
2.3	Chaidh measadh a dhèanamh air na h-iarrtasan le dà phanail, le riochdairean orra mar a leanas:
2.4	**Panail Cleachdaidh** • Stiùiriche Planadh Cànan is Leasachaidhean Coimhearsnachd; • Manaidsear Chom-pàirteachasan; • Oifigear Maoineachaidh is Phròiseactan; agus • Oifigear Conaltraidh **Panail Foghlaim** • Stiùiriche Planadh Cànan is Leasachaidhean Coimhearsnachd; • Manaidsear Foghlaim; • Oifigear Buileachaidh Phlanaichean; • Oifigear Maoineachaidh is Phròiseactan; agus • Neach-taice Thràth-bhliadhnaichean
2.5	Bha co-dhiù triùir a' toirt measadh air gach iarrtas, is cha robh daoine a nochd com-pàirt anns na h-iarrtasan a' toirt measadh orra no an sàs anns na chòmhraidhean mun deidhinn.
2.6	Tha stiùireadh airson an sgeama taic-airgid ri fhaighinn an seo, agus stiùireadh-measaidh airson an sgeama ri fhaighinn an seo.

Seisean Fosgailte
Cuspair 2.5

3.	**Prìomh Aithris/Fiosrachadh**
3.1	Thàinig 46 iarrtasan airson phròiseactan a-steach ann an ùine airson am measadh agus gu h-iomlan tha iad a' sireadh £734,003.61.
3.2	Uile-gu-lèir, mhol na pannalan-measaidh 32 phròiseactan (70% de na h-iarrtasan iomlan) airson taic-airgid fhaighinn, le luach iomlan de £380,850.
3.3	Air sgàth 's nach robh airgead gu leòr ann airson nam pròiseactan a bha na pannalan a' moladh a mhaoineachadh aig an ìre seo, thathar a' sireadh aonta ann am prionnsapal gus taic a chumail ri 8 pròiseactan eile (15% de na h-iarrtasan iomlan), le luach iomlan de £99,950.
3.4	Leis na phròiseactan le aonta ann am prionnsapal, ma nochdas airgead sa bhuidseat aig Bòrd na Gàidhlig rè na bliadhna, thèid aonta iarraidh air an Sgioba-stiùiridh gus taic a thoirt seachad dhaibh.
3.5	Chaidh 6 iarrtasan a dhiùltadh (13%) leis nach d'fhuair iad sgòr-measaidh àrd gu leòr bhon phannal.
3.6	Chaidh prìomhachas a chur air an iarrtas bho gach buidheann fa leth a fhuair an sgòr iomchaidh as àirde, an uair sin air na h-iarrtasan uile eile a rèir sgòradh.
3.7	Thagh gach pannal ìre sgòraidh (is chaidh moladh gun rachadh iarrtasan nas ìsle na sin a dhiùltadh), is pannal foghlaim air 65% a thaghadh, is pannal cleachdaidh air 60% a thaghadh.
3.8	Chaidh aontachadh ris na molaidhean aig ìre ùghdarrais an Sgioba-stiùiridh (fo £15k) agus ìre ùghdarrais a Bhùird-stiùiridh a-cheana (£40k+). Thathas a' sireadh aonta airson nam molaidhean aig ìre ùghdarrais a' Chomataidh (£15k agus fo £40k).
4.	**Moladh**
4.1	**Ri aontachadh**

Buidheann	Pròiseact	Tairgse
Comhairle na Gàidhealtachd	Gàidhlig airson Inbhich	£30,000
NHS nan Eileanan Siar	Relationships, Sexual Health and Parenthood Education Resource 3-18	£20,000
Comhairle nan Eilean Siar	Comhairle Staff Development	£30,000
Oilthigh Ghlaschu	UofG Gàidhlig	£19,000
Leabharlann Nàiseanta na h-Alba	Gaelic language version of Library Search	£16,250
Oilthigh Obar Dheathain	Gàidhlig na Cagailte	£16,000
Comhairle nan Eilean Siar	Gaelic Youth & Communities Programme	£25,000

Seisean Fosgailte
Cuspair 2.5

4.2 **Ri aontachadh ann am prionnsapal le dearbhadh bhon Sgioba-stiùiridh nuair a tha airgead ann air an son.**

Buidheann	Pròiseact	Tairgse ann am prionnsabal
Comhairle nan Eilean Siar	Ulpan+	£36,000
Comhairle Baile Ghlaschu	Aon Ghlaschu	£22,000

4.3 **Diùltaidhean.**

Buidheann	Pròiseact	Suim airgid an iarrtais
Oilthigh Heriot-Watt	eGaelic: Promoting Gaelic Digital Learning	£24,954
Comhairle Lodainn an Ear	Blàr Shliabh a' Chlamhain	£23,500
Comhairle Aonghais	Bilingual Signage for Schools	£25,000

5. Prìomh Bhuaidhean Ro-innleachdach

5.1 **Buaidhean air Ionmhas**

5.1.1 Thathas ag amas gum bi am Bòrd a' pàigheadh 80% den taic-airgid aig tòiseach a' phròiseict ann am bliadhna ionmhais 20/21 às dèidh dhuinn cùmhnant air a shon fhaighinn air ais, aithisgean deireannach airson pròiseactan roimhe fhaighinn agus cumhaichean sònraichte eile a bhith air an coileanadh.

Bidh am Bòrd a' pàigheadh 20% aig deireadh a' phròiseict às dèidh aithisg dheireannach iomchaidh fhaighinn, agus an dùil gum bi a' mhòr-chuid de phròiseactan a' crìochnachadh agus faighinn an dàrna phàigheadh seo anns am bliadhna ionmhais 21/22.

5.1.2 Thathas nan dùil gun tig an t-airgead a-mach as na loidhnichean bhuidseat mar a leanas:-

Buidheann	Pròiseact	Buidseat 102021 (Cleachdadh)	Buidseat 102022 (Ionnsachadh)
Comhairle na Gàidhealtachd	Gàidhlig airson Inbhich		£30,000
NHS nan Eileanan Siar	Relationships, Sexual Health and Parenthood Education Resource 3-18		£20,000
Comhairle nan Eilean Siar	Comhairle Staff Development	£30,000	
Oilthigh Ghlaschu	UofG Gàidhlig	£19,000	
Leabharlann Nàiseanta na h-Alba	Gaelic language version of Library Search	£16,250	
Oilthigh Obar Dheathain	Gàidhlig na Cagailte	£16,250	
Comhairle nan Eilean Siar	Gaelic Youth & Communities Programme	£25,000	
Comhairle nan Eilean Siar	Ulpan+		£36,000
Comhairle Baile Ghlaschu	Aon Ghlaschu	£22,000	

Seisean Fosgailte
Cuspair 2.5

5.1.3 Gheibhear gu h-ìosal iomradh air na suimeannan airgid a bhios air am pàigheadh a-mach do na pròiseactan GLAIF ma thèid aontachadh riutha. Tha na pròiseactan a fhuair aonta mu tràth aig ìre an sgioba-stiùiridh agus a' Bhùird-stiùiridh air an gabhail a-steach dha na figearan seo.

Molaidhean airson buidseat Cleachdaidh (102021)

	Aonta			Aonta + "ann am prionnsabal"		
	20/21	**21/22**	**Iomlan**	**20/21**	**21/22**	**Iomlan**
Ri chosg	£168,471	£339,375		£168,471	£339,375	
Molaidhean	£177,720	£48,180	£220,900	£195,320	£52,580	£247,900
Diofar	**-£9,249**	**£291,195**		**-£26,849**	**£286,795**	

Molaidhean airson buidseat Ionnsachaidh (102022)

	Aonta			Aonta + "ann am prionnsabal"		
	20/21	**21/22**	**Iomlan**	**20/21**	**21/22**	**Iomlan**
Ri chosg	£125,356.02	£179,700		£125,356.02	£179,700	
Molaidhean	£125,080	£29,870	£154,950	£171,440	£41,460	£212,900
Diofar	**£276.02**	**£149,830**		**-£46,083.98**	**£138,240**	

5.1.4 Mar a chithear gu h-àrd, tha na molaidhean airson "Aonta" a' cur a' bhuidseit cleachdaidh £9,249 thairis agus tha am buidseat ionnsachaidh £276 fodha. Leis na molaidhean ann am prionnsabal, tha am buidseat cleachdaidh £26,849 thairis agus am buidseat ionnsachaidh £46,084 thairis.

5.1.5 Thathar an dùil gum bi e comasach dèiligeadh ri seo le fo-chosg (*underspends*) a bhios ann bho phròiseactan GLAIF 2019/20, agus airgead nach tèid a chleachdadh airson Tabhartasan Cùrsaichean Bogaidh. Cha tèid h-aontaidhean "ann am prionnsabal" a dhaingneachadh gus am bi airgead dearbhte airson seo a dhèanamh.

5.2 **Buaidhean air Luchd-obrach**

Chan eil gin ann.

5.3 **Buaidhean air Trèanadh**

Chan eil gin ann.

5.4 **Ceanglaichean ri Amasan Ro-innleachadh agus Corporra**

5.4.1 Bidh na pròiseactan seo san fharsaingeachd a' cur ris na h-amasan a leanas bho Phlana Corporra a' Bhùird:

Cleachdadh na Gàidhlig

- "A' dealbh ro-innleachdan a dh'aona-ghnothach airson frithealadh air feumalachdan nan coimhearsnachdan dùthchail is nam bailtean nas motha agus airson brath a ghabhail air na cothroman a th' ann dhaibh, feuch am bi coimhearsnachdan Gàidhlig nas làidire ann."
- "A' cur ris na th' ann de chothroman do dhaoine òga gus sgilean obrach ionnsachadh agus gus cur ri buaidh eaconamach na Gàidhlig, tro cho-obrachadh le buidhnean iomairt is sgilean"
- "A' toirt taic do bhuidhnean is daoine fa leth airson barrachd chur-seachadan, thachartasan is ghoireasan a chur air dòigh, agus feadhainn nas fheàrr, do dhaoine òga agus a' toirt taic do dh'fheadhainn a thèid a chur air dòigh le daoine òga"
- "A' cur barrachd chothroman, is cothroman nas fheàrr, air adhart far am bi teaghlaichean a' cleachdadh na Gàidhlig anns an dachaigh aca"

5.4.2 **Ionnsachadh na Gàidhlig**

- "Ag obair còmhla ri buidhnean de phàrantan is buidhnean buntainneach gus fàs a thoirt air FtG"
- "A' cur iomairtean air dòigh le luchd-compàirt gus barrachd taice a thoirt do theaghlaichean nuair a tha a' chlann aca aig ìre nan tràth-bhliadhnaichean"

Seisean Fosgailte
Cuspair 2.5

	• "A' brosnachadh dhaoine gu bhith a' cleachdadh teicneòlas ùr gus barrachd dhòighean-ionnsachaidh is dòighean-ionnsachaidh nas èifeachdaiche a thoirt do dh'inbhich" • "A' toirt taic do chothroman dreuchdail agus ionnsachadh proifeiseanta airson luchd-obrach proifeiseanta is luchd-obrach taice a tha ag obair ann am foghlam, agus a' dèanamh sanasachd air na cothroman is air an ionnsachadh sin"
5.4.3	**A' cur air adhart na Gàidhlig** • "A' togail bratach na Gàidhlig an lùib thachartasan is iomairtean nàiseanta is eadar-nàiseanta, leithid 'Na Bliadhna airson...', airson dèanamh cinnteach gum bi Gàidhlig na pàirt follaiseach dhiubh" • "Ag obair còmhla ri luchd-compàirt airson iomairtean a dhealbh is a chur an gnìomh a bheir taic do dh'ionnsachadh is cleachdadh na Gàidhlig" • "Ag obair còmhla ri buidhnean foghlaim is leasachadh sgilean gus innse do dhaoine mun àite a th' aig a' Ghàidhlig ann an Alba, na cothroman obrach a gheibhear leis a' chànan agus na buannachdan a gheibh an luchd-labhairt bhon Ghàidhlig" • "A' dealbh ro-innleachdan a nì cinnteach gun dèan Bòrd na Gàidhlig am feum as motha de dh'obair thosgairean na Gàidhlig"
5.5	**Ceanglaichean ri Frèam-obrach Coileanaidh Nàiseanta**

AR N-ADHBHAR	AR LUACHAN
Fòcas air a bhith a' cruthachadh dùthaich nas soirbheachaile le cothroman do dh'Alba air fad soirbheachadh tro bhith a' cur ri sunnd, agus ri fàs eaconamach seasmhach agus in-ghabhalach	'S e comann-sòisealta a th' annainn a tha a' dèiligeadh ri ar sluagh le caoimhneas, urram agus co-fhaireachdainn, a' toirt spèis do riaghladh an lagha, agus a tha ag obair ann an dòigh a tha fosgailte agus follaiseach

AR LUACHAN BUILEAN NÀISEANTA			
Còraichean daonna	☐	Clann	☒
Cultar	☒	Coimhearsnachdan	☒
Àrainneachd	☐	Bochdainn	☐
Slàinte	☐	Eadar-nàiseanta	☐
Foghlam	☒	Eaconamaidh	☒
Gnothachasan soirbheachail is ùr-ghnàthach			☒

5.6	**Buaidhean air Cliù**
5.6.1	San fharsaingeachd, tha iomadh pròiseact a thathar a' moladh mar phasgan iarrtasan a bhios cur ri cliù Bòrd na Gàidhlig is sinn a' toirt taic do phròiseactan inntinneach, ùr-ghnàthach is a bheir piseach air cor is coimhearsnachd na Gàidhlig.
5.6.2	Tha cunnart ann leis na molaidhean airson taic ann an prionnsabal gum bi seo ag adhbharachadh duilgheadasan dha na buidhnean.
5.62	Tha cunnart ann leis na diùltaidhean airson cliù a' Bhùird.
5.7	**Buaidhean air Slàinte is Sàbhailteachd**
	Chan eil gin ann.
5.8	**Buaidhean Laghail**
	Chan eil gin ann.
5.9	**Buaidhean air Co-ionannachd**
	Chan eil gin ann.

Seisean Fosgailte
Cuspair 3

A' freagairt ri	Comataidh Poileasaidh is Goireasan
Ceann-latha na Coinneimh	09/06/2020
Àite:	Air-loidhne
Nì a' Chlàir-ghnothaich	3.0

Tiotal a' Phàipeir	Coileanadh a' Phlana Gnìomh	
Moladh do Bhuill	Airson fiosrachadh *	
Neach labhairt:	Shona NicIllinnein, Ceannard	
Cùrsa Riaghlachais airson na h-Aithris	**Ceann-latha na Coinneimh**	**Seòrsachadh na h-Aithris**
Sgioba-stiùiridh	27/05/2020	Airson aontachadh
Pàipear-taice air a cheangal ris	Tha- Eàrr-ràdh 1 – Coileanadh a' Phlana Gnìomh 20-21	

1.0	**Adhbhar**
1.1	'S e as adhbhar don phàipear seo fiosrachadh a thoirt don Chomataidh air coileanadh ghnìomhan ann an 20/21 mu choinneamh na chaidh a chur ron bhuidhinn ann am Plana Chorporra 2018/23 agus Plana Gnìomh 2020/21.
2.0	**Cùl-fhiosrachadh**
2.1	Tha am Plana Corporra aig Bòrd na Gàidhlig a' comharrachadh 9 builean coileanaidh a bhios gan cleachdadh airson measadh a dhèanamh air coileanadh mu choinneamh phrìomhachasan ro-innleachdail a tha rin coileanadh ro 2023.
2.2	Tha Plana Gnìomh 2020/21 a' comharrachadh ghnìomhan sònraichte a thèid a choileanadh gus adhartas a dhèanamh le prìomhachasan ro-innleachdail bhon Phlana Chorporra. Tha na clàran san aithisg an cois seo a' toirt iomradh air an adhartas a tha ga dhèanamh leis a seo.
3.0	**Prìomh Aithris/Fiosrachadh**
3.1	Aig an ìre seo, tha dà phuing cudromach – buaidh Covid-19 agus gur ann tràth sa bhliadhna a tha an aithisg. Tha cunnart ann nach tèid cuid de na gnìomhan a choileanadh ach tha oifigearan ag obair taobh a-staigh agus taobh a-muigh na buidhne gus slighean eile a chur an gnìomh gus am bi na toraidhean ann. Tha barrachd fiosrachadh sa phàipear PT1 air gach Prìomh Chomharra Coileanadh agus gach gnìomh.
4.0	**Moladh**
4.1	Tha am pàipear seo airson fiosrachadh is thathar ag iarraidh air Buill toirt fa-near don fhiosrachadh seo
5.0	**Prìomh Bhuaidhean Ro-innleachdach**
5.1	**Buaidhean air Ionmhas**
	Chan eil buaidh ionmhasail dhìreach sam bith aig an aithisg seo.

Seisean Fosgailte
Cuspair 3

5.2	**Buaidhean air Luchd-obrach**
	Chan eil buaidh dhìreach sam bith aig an aithisg seo air an fheachd-obrach.
5.3	**Buaidhean air Trèanadh**
	Chan eil buaidh dhìreach sam bith aig an aithisg seo air trèanadh.
5.4	**Ceanglaichean ri Amasan Ro-innleachadh agus Corporra**
	Tha am pàipear seo a' cur ris na ceithir amasan corporra aig Bòrd na Gàidhlig.
5.5	**Ceanglaichean ris an Fhrèam-obrach Coileanaidh Nàiseanta**

AR N-ADHBHAR	AR LUACHAN
Fòcas air a bhith a' cruthachadh dùthaich nas soirbheachaile le cothroman do dh'Alba air fad soirbheachadh tro bhith a' cur ri sunnd, agus ri fàs eaconamach seasmhach agus in-ghabhalach	'S e comann-sòisealta a th' annainn a tha a' dèiligeadh ri ar sluagh le caoimhneas, urram agus co-fhaireachdainn, a' toirt spèis do riaghladh an lagha, agus a tha ag obair ann an dòigh a tha fosgailte agus follaiseach

AR LUACHAN BUILEAN NÀISEANTA			
Còraichean daonna	☐	Clann is Oigridh	☒
Cultar	☒	Coimhearsnachdan	☐
Àrainneachd	☒	Bochdainn	☐
Slàinte	☐	Eadar-nàiseanta	☐
Foghlam	☒	Eaconamaidh	☒
Gnothachasan soirbheachail is ùr-ghnàthach			☒

5.6	**Buaidhean air Cliù**
	Thathar an dùil gum bi an aithisg seo a' cur ri cliù na buidhne leis an eòlas a tha ri fhaighinn air obair na buidhne.
5.7	**Buaidhean air Slàinte is Sàbhailteachd**
	Chan eil buaidh dhìreach sam bith aig an aithisg seo air Slàinte is Sàbhailteachd.
5.8	**Buaidhean Laghail**
	Chan eil buaidh laghail dhìreach sam bith aig an aithisg seo.
5.9	**Buaidhean air Co-ionannachd** Chan eil buaidh sam bith a bharrachd aig an aithisg seo air co-ionannachd.

Seisean Fosgailte
Cuspair 3

A' COILEANADH PLANA GNÌOMH 2020-21

Ar Lèirsinn: Gum bi a' Ghàidhlig air a faicinn is air a cluinntinn gu làitheil air feadh Alba, chun na h-ìre 's gum bi i air a h-aithneachadh mar phàirt bunaiteach de bheatha muinntir na h-Alba agus mar chànan prìseil a tha a' cur ri cultar is eaconamaidh na dùthcha**.**	**Our Vision:** Gaelic is seen and heard on a daily basis across Scotland, such that it is widely recognised as an integral part of Scottish life and a national and economic asset

1. A' Cleachdadh na Gàidhlig

1. Using Gaelic

Prìomhachasan Ro-innleachdail Barrachd dhaoine a' cleachdadh agus a' faighinn buannachd bho Ghàidhlig san àite-obrach, aig an dachaigh agus anns a' choimhearsnachd	**Strategic Priority 1** More people are using and benefiting from Gaelic at work, at home and in the community

▪ **Ciamar a tha an t-adhartas a' cuideachadh le bhith a' lìbhrigeadh na lèirsinn?**	Tha Plana Corporra 2018-23 aig Bòrd na Gàidhlig stèidhichte gu mòr air Plana Cànain Nàiseanta Gàidhlig 2018-23 agus tha e a' toirt stiùir dhuinn air ciamar a bhios an obair againn a' dèanamh diofar gus am bi a' Ghàidhlig air a faicinn is air a cluinntinn gu làitheil air feadh Alba, chun na h-ìre 's gum bi i air a h-aithneachadh mar phàirt bhunaiteach de bheatha muinntir na h-Alba agus mar chànan prìseil a tha a' cur ri cultar is eaconamaidh na dùthcha**.** Tha sinn a' cuideachadh barrachd dhaoine le bhith a' cleachdadh agus a' faighinn buannachd bho Ghàidhlig san àite-obrach, aig an dachaigh agus anns a' choimhearsnachd.
▪ **A bheil adhartas mu choinneimh na lèirsinn mar a bhiodh dùil?**	Aig an ìre seo, chan eil adhartas air a bhith ann mar a bhathas an dùil ri linn COVID-19 le cuid de na gnìomhan ach airson cuid eile, tha Bòrd na Gàidhlig agus buidhnean eile ag obair gu cruaidh agus gu ro-innleachdail gus cleachdadh na Gàidhlig a thoirt air adhart. Tha obair air-loidhne air a bhith gu math cudromach gu ruige seo am-bliadhna agus thathas an dùil gum bi cuid de na dòighean obrach seo a' leantainn air adhart às dèidh glasadh COVID-19 leis gu bheil iad cho soirbheachail.

Prìomh Chomharra Coileanaidh	Targaid	Adhartas gu 25/05/20	Coileanadh gu 25/05/20	Dùil aig 31/03/21	Oifigear-stiùiridh aithris
			Dearg/Orainds/ Uaine		
Prìomh Chomharra Coileanaidh 1: Barrachd chothroman do dhaoine an sgilean Gàidhlig a chur gu feum	Tuigse nas fheàrr air na cnapan-starra a tha ann am measg fhileantach ann a bhith a' cleachdadh na Gàidhlig sna h-Eileanan Siar	Chur Bòrd na Gàidhlig coimisean rannsachaidh air dòigh ann an co-bhonn ri Oilthigh Ghlaschu gus coimhead air na cnapan-starra a th' ann a-measg luchd-labhairt na Gàidhlig le bhith bruidhinn Gàidhlig ri chèile. Ri linn COVID-19 tha am pròiseact seo air a thighinn gu stad ach thathas an dùil gum bi e a' tòiseachadh a-rithist nuair a tha cùisean nas sàbhailte.			Stiùiriche Planadh Cànain is Leasachaidhean Coimhearsnachd
	Barrachd cleachdaidh den Ghàidhlig ann an coimhearsnachdan air feadh Alba	Tha Bòrd na Gàidhlig a' cumail taic ri pròiseactan ann an coimhearsnachdan air feadh Alba a bhios a' cur adhart cleachdadh na Gàidhlig. Gu ruige seo ann am bliadhna ionmhais 20-21 tha sinn a' cumail taic ris na leanas:- - 13 prìomh bhuidhnean lìbhrigidh - 84 pròiseactan Taic Freumhan Coimhearsnachd - 13 pròiseactan Colmcille - 4 pròiseactan eile Cuideachd, tha Bòrd na Gàidhlig ag obair le 68 ùghdarrasan poblach aig a bheil planaichean Gàidhlig reachdail aontaichte no tha ag obair a dh'ionnsaigh fear a chruthachadh. Tha na buidhnean seo ag obair ann an coimhearsnachdan air feadh Alba.			Stiùiriche Planadh Cànain is Leasachaidhean Coimhearsnachd
Prìomh Chomharra Coileanaidh 2: Bidh barrachd dhaoine ag aontachadh leis an abairt "Tha a' Ghàidhlig a' dèanamh diofar nam bheatha"	Comharrachadh àireamh bhun-loidhne de na tha de dhaoine ag aithris gu bheil buaidhean deimhinneach mar thoradh air cleachdadh na Gàidhlig	Tha an obair seo stèidhichte air an fhiosrachadh a bhios anns na h-aithisgean adhartais agus dheireannach a chuireas buidhnean gu Bòrd na Gàidhlig. Tha an obair seo a' dol air adhart beag air bheag agus mar bu chòir.			Stiùiriche Planadh Cànain is Leasachaidhean Coimhearsnachd
	Fianais gu bheil barrachd chothroman do dh'òigridh a bhith ag inntrigeadh margaidh na h-obrach, far a bheilear a' cur gu feum an cuid sgilean Gàidhlig	Chan eil adhartas air a bhith ann leis a' phròiseact seo gu ruige seo am-bliadhna.			Stiùiriche Planadh Cànain is Leasachaidhean Coimhearsnachd

Cothroman Ùra Dè na gnìomhan eile a dh'fhaodadh cuideachadh le adhartas leis an lèirsinn?
Ged a tha an suidheachadh le COVD-19 gu math dona, tha e a' ciallachadh gu bheil daoine a' smaoineachadh mu dheidhinn dòighean lìbhrigidh ùra. Tha tòrr tachartasan a-nis a' gabhail àite air-loidhne agus ged a tha sinn an dùil agus an dòchas gum bi e comasach tachartasan aghaidh-ri-aghaidh a chumail a-rithist ann an ceann mìos an dha, chan eil teagamh sam bith nach bi cuid de na dòighean-obrach ùra seo feumail thairis air na bliadhnaichean ri teachd. Le barrachd tachartasan a' gabhail àite air-loidhne, tha cothrom ann gum bi barrachd dhaoine a' cleachdadh agus a' faighinn buannachd bho Ghàidhlig san àite-obrach, aig an dachaigh agus anns a' choimhearsnachd.

Seisean Fosgailte
Cuspair 3

1.1 Gnìomhan 2020-21

1. A' Cleachdadh na Gàidhlig	Gnìomhan 2020-21	Adhartas gu 25/05/2020	Coileanadh gu 25/05/20	Dùil aig 31/03/21	Oifigear-stiùiridh aithris
			Dearg/Orainds/Uaine		
Cuir ri cleachdadh na Gàidhlig am measg na feadhna aig a bheil sgilean Gàidhlig	Crìoch a chur air pròiseact rannsachaidh tùsail sna h-Eileanan Siar gus cnapan-starra aithneachadh de chleachdadh na Gàidhlig am measg luchd-labhairt fileanta na Gàidhlig sa choimhearsnachd ud	Aig an ìre seo, tha an obair seo air tighinn gu stad ri linn COVID-19, leis an neach-rannsachaidh air fòrladh an-dràsta.			Stiùiriche Planadh Cànain is Leasachaidhean Coimhearsnachd
	Iomairt #cleachdi air a leasachadh thar nan roinnean poblach, prìobhaideach agus saor-thoileach	Ged nach eil e comasach stuthan a chur sa phost an-dràsta ri linn COVID-19 tha gu leòr stuthan didseatach a ghabhas cleachdadh a dh'aindeoin sin. Tha sinn a' coimhead air dòighean eile gus an iomairt seo a' leasachadh mar eisimpleir tro #cleachdi@antaigh airson cleachdadh na Gàidhlig a bhrosnachadh aig an taigh agus na sgoiltean dùinte. Tha buidhnean Gàidhlig a gheibh am maoineachadh bho BhnG air an aon ràmh le seo mar-thà.			Stiùiriche Planadh Cànain is Leasachaidhean Coimhearsnachd
	Cuir air dòigh lìonra de charaidean cleachdaidh air-loidhne gus cleachdadh na Gàidhlig a chur am meud	Cha robh mòran adhartais leis an iomairt seo gu ruige seo. Thathas a' sùileachadh seo a dhèanamh còmhla ri prìomh chom-pàirtichean (me Sabhal Mòr Ostaig, Colaiste a' Chaisteil, E-sgoil, LearnGaelic.scot, Duolingo) gus siostam de charaidean cànain a chur air dòigh airson cuideachadh le ionnsachadh agus / no dèiligeadh ri leth-oireachd (isolation).			Stiùiriche Planadh Cànain is Leasachaidhean Coimhearsnachd
Cuir am meud cothroman do dh'inbhich a tha ag ionnsachadh sgilean Gàidhlig a bhith a' cleachdadh an cuid Ghàidhlig nas trice	Pròiseactan thar-churraicealaim air am maoineachadh gus taic a chumail ri sgoilearan àrd-sgoile ann am foghlam na Gàidhlig a bhith a' cleachdadh na Gàidhlig nas trice	Leis gu bheil sgoiltean dùinte an-dràsta ri linn COVID-19 agus nach eil buidhnean às dèidh na sgoile a' coinneachadh, tha prògram tar-churraicealaim air-loidhne fon bhrataich #cleachdi@antaigh a' dol air adhart an-dràsta, gu sònraichte le taic bho Chomunn na Gàidhlig agus Fèisean nan Gàidheal.			Stiùiriche Planadh Cànain is Leasachaidhean Coimhearsnachd
	Cuir air dòigh lìonra de dh'àiteachan is cothroman do dhaoine a tha ag ionnsachadh na Gàidhlig a bhith a' cleachdadh na Gàidhlig nas trice	Tha an glasadh-sluaigh a' ciallachadh nach eil am pròiseact seo a' dol air adhart mar a bhathas an dùil agus nach bi e comasach seo a dhèanamh aghaidh-ri-aghaidh airson greis fhathast. Tha cothroman gu leòr lìonra mar seo a thogail air-loidhne agus ceangal a thogail leis na daoine a tha ag ionnsachadh tro Duolingo agus LearnGaelic.scot			Stiùiriche Planadh Cànain is Leasachaidhean Coimhearsnachd
	Pròiseactan air am maoineachadh a tha a' furastachadh tar-chur eadar-ghinealach de sgilean Gàidhlig	Mar phàirt den iomairt #cleachdi@antaigh thathas ag amas gum bi diofar ghinealaichean a' cleachdadh na Gàidhlig ri chèile nas trice.			Stiùiriche Planadh Cànain is Leasachaidhean Coimhearsnachd
Brosnachadh aithne den cheangal eadar cleachdadh na Gàidhlig agus piseach air sunnd	Thèid frèam a chruthachadh gus buannachdan sunnd a thomhas agus iad ceangailte ri bhith a' cleachdadh na Gàidhlig	Ri linn COVID-19, thèid am frèam fhèin a chruthachadh san dàrna leth den bhliadhna, le fòcas aig an ìre seo air rannsachadh air na pàipearan a tha ann an Alba no suidheachaidhean eile le mion-chànanan far a bheilear a' sealltainn ceangal eadar cleachdadh cànain agus sunnd. Sa chiad dol-a-mach bidh am frèam stèidhte air builean rannsachadh deasga.			Stiùiriche Planadh Cànain is Leasachaidhean Coimhearsnachd
	Foillseachadh 6 rannsachaidhean cùise a tha ga dhèanamh nochdte gu bheil ceangal eadar cleachdadh na Gàidhlig agus sunnd	Tha sinn a' cuimseachadh an-dràsta air dà sgrùdadh cùise a dhèanamh a tha a' sealltainn gu bheil ceangail eadar Gàidhlig agus sunnd ann an co-theacsa an ama fo ghlasadh-sluaigh			Stiùiriche Planadh Cànain is Leasachaidhean Coimhearsnachd
Obair le coimhearsnachdan gus dèanamh cinnteach gu bheil a' Ghàidhlig air a fighe a-steach ann an leasachaidhean sòisealta, cultarail is eaconamach	Cairt Choimhearsnachd Ghàidhlig nan Eilean Siar ann an com-pàirteachadh le Comhairle nan Eilean Siar agus Riaghaltas na h-Alba air a cur air bhonn agus air a toirt am follais. (Adhartas nas Luaithe – sruth-obrach 4)	Tha Bòrd na Gàidhlig a' tairgse ròl stiùiridh a ghabhail thairis anns na mìosan a tha romhainn, le ro-innleachd is clàr-ama stèidhte air builean a' cheisteachain a chaidh a dhèanamh o chionn greis.			Stiùiriche Planadh Cànain is Leasachaidhean Coimhearsnachd
	Cothroman air an leasachadh do dhaoine òga le sgilean Gàidhlig a bhith a' dol bhon sgoil a-steach gu obraichean de dheagh chàileachd far an tèid aca air na sgilean sin a chleachdadh (Adhartas nas Luaithe – sruth-obrach 3)	Thathar a' gabhail ris nach fhosglar sgoiltean gus An Lùnastal 2020 agus mar sin nach bi cothroman ann a bhith an làthair aig fèilltean-dreuchdan Gàidhlig. Thèid seo a chur gu dol a-rithist san dàrna leth den bhliadhna. Bu chòir na leanas a chur air adhart sna ciad 6 mìosan: 1. Còmhradh le HIE is SDS mu bhith ag ath-nuadhachadh an rannsachaidh Ar Stòras Gàidhlig 2. Ath-nuadhachadh an Leabhrain aig BnG air Dreuchdan Gàidhlig, agus a bhith a' meudachadh seo le bhideothan. 3. Cruthachadh rannsachaidhean cùise le fastaichean mu ciamar a thug luchd-obrach le Gàidhlig piseach air an cuid obrach 4. Cruthachadh rannsachaidhean cùise le fastaichean airson susbaint a chur ris a' bharail gu bheil fastaichean a' meas ioma-chànanachas gu fàbharach san fharsaingeachd.			Stiùiriche Planadh Cànain is Leasachaidhean Coimhearsnachd

Seisean Fosgailte
Cuspair 3

2. 0 Ionnsachadh na Gàidhlig

2. Learning Gaelic

Prìomhachas Ro-innleachdail 2: Tha cothroman air leudachadh agus nas ruigsinneach do dhaoine aig aois sam bith an sgilean Gàidhlig a leasachadh	**Strategic Priority 2:** Opportunities for people to develop their Gaelic skills at any age have increased and are more accessible

▪ **Ciamar a tha an t-adhartas a' cuideachadh le bhith a' lìbhrigeadh na lèirsinn?**	Tha an t-adhartas gu ruige seo a' cur ris ar lèirsinn tro: Leasachaidhean le cothroman a bharrachd airson an cànain ionnsachadh (luchd-fileanta agus luchd-ionnsachaidh) Neartachadh ìomhaigh a' chànain (ann an coimhearsnachdan eadar-dealaichte agus gu nàiseanta) A' leudachadh siostaman-conaltraidh agus co-obrachaidh gus na targaidean sa Phlana Nàiseanta a choileanadh.
▪ **A bheil adhartas mu choinneimh na lèirsinn mar a bhiodh dùil?**	Ri linn Covid-19 tha sinn a' beachdachadh gu faiceallach air na dòighean-obrach againn – gu seachd àraidh leis gu bheil an galar a' bualadh gu mòr air seirbheisean foghlaim (de gach seòrsa).

Prìomh Chomharra Coileanaidh	Targaid	Adhartas gu 25/05/20	Coileanadh gu 25/05/20	Dùil aig 31/03/21	Oifigear-stiùiridh Aithris
			Dearg/Orainds/Uaine		
Prìomh Chomharra Coileanaidh 3: Barrachd clann a' gabhail pàirt ann an seiseanan tràth-bhliadhnaichean *More children participating in early years' sessions*	Meudachadh de 10% ann an dòighean-inntrigidh gu tràth-bhliadhnaichean (a' toirt a-steach Bookbug, Seiseanan nan Tràth-bhliadhnaichean , is msaa)	Tha seiseanan Bookbug a' ruith air-loidhne ach chan eil na buidhnean tràth-bhliadhnaichean a' coinneachadh agus aig an ìre seo, chan eil cinnt ann cuine a dh'fhaodadh iad tòiseachadh.			Stiùiriche Foghlaim
	Meudachadh de 10% ann an gabhail ri seiseanan tràtha le teaghlaichean	Beachdaichidh sinn gu cunbhalach air seo – ann an co-theacsa Covid-19 – tha coltas ann gum bi sinn ga mheasadh gach trì mìosan (a rèir dòighean-lìbhrigidh ath-leasaichte ri linn Covid-19)			Stiùiriche Foghlaim
	Meudachadh de 10% ann an taic do dh'airich-chloinne is luchd-cùraim	Le fòcas air airich-cloinne tha planaichean ann airson nan ath cheumannan.			Manaidsear Foghlaim
	Meudachadh ann an trèanadh is solar airson ionnsachadh air a' bhlàr a-muigh	A-rithist ri linn Covid-19 bidh sinn a' beachdachadh air dòighean-lìbhrigidh ath-leasaichte.			Manaidsear Foghlaim
	Measaidhean deimhinneach air seiseanan trèanaidh air a thrusadh, air cnuasachadh air, is air a chur an gnìomh	Adhartas le fòrmatan, gus a bhith deiseil airson cleachdadh nas èifeachdaiche nuair a thilleas sinn gu lìbhrigeadh nas àbhaistiche.			Manaidsear Foghlaim
Prìomh Chomharra Coileanaidh 4: Barrachd chothroman aig daoine an sgilean Gàidhlig a leasachadh *More opportunities for people to enhance their Gaelic skills*	Meudachadh ann an àireamh nan sgoilearan ann an FtG agus FLI	Tha sinn an dùil gum bi àireamh na cloinne ann am FtG a' dol am meud. A thaobh FLI tha coltas ann gum bi sinn feumach air sealladh nas fad-ùiniche (gus am bi leasachaidhean leis an ATQ Gàidhlig a' toirt buaidh air an t-siostam, mar eisimpleir)			Manaidsear Foghlaim
	Meudachadh ann an àireamh an luchd-ionnsachaidh inbheach	Obair a' leantainn ann am com-pàirteachas – tha fianais ann gu bheil ùidh ann an ionnsachadh air-loidhne air fàs gu mòr (Learn Gaelic, Duolingo is msaa)			Stiùiriche Foghlaim
	Meudachadh de Churraicealam FtG ann an Tràth na h-Àrd-sgoile	Tha lèirsinn againn gum biodh seo na leasachadh leantainneach.. Bidh adhartas air seo a' crochadh air lìbhrigeadh èifeachdach ann am planadh / aithriseadh bliadhnail			Stiùiriche Foghlaim
	Tha plana Gàidhlig air a chur an gnìomh aig gach Àrd-sgoil a tha a' lìbhrigeadh FtG/FLI	Tha sinn an dùil gum bi fianais ann gu bheil sinn air adhartas a dhèanamh (tha e follaiseach gu bheil Earra-Ghàidheal is Bòd, mar eisimpleir, ag obair gu soirbheachail air seo). Tha coltas ann gum bi sinn ag obair le ùghdarrasan ionadail gus adhartas a bharrachd a choileanadh gach seisean.			Stiùiriche Foghlaim
Prìomh Chomharra Coileanaidh 5: Barrachd dhaoine ag aontachadh leis an abairt "Tha mi air na sgilean Gàidhlig agam a leasachadh" *More people agreeing with the statement "I have enhanced my Gaelic skills"*	Meudachadh anns an raon de dh'fhiosrachadh staitistigeil airson piseach a thomhas	Bidh fianais ann gun do rinn sinn adhartas le seo thairis air a' bhliadhna			Stiùiriche Foghlaim
	80% de dhaoine ag aontachadh leis a' bharail seo	'S e seo an targaid againn fhathast agus bidh sinn ag aithris air adhartas tron bhliadhna.			Stiùiriche Foghlaim

Cothroman Ùra Dè na gnìomhan eile a dh'fhaodadh cuideachadh le adhartas leis an lèirsinn
Le Covid-19 tha e follaiseach gu bheil an dùthaich air fad a' beachdachadh air dòighean-lìbhrigidh eadar-dhealaichte airson seirbheisean – a' gabhail a-steach seirbheisean foghlaim. Tha coltas ann gum bi cuid de na h-atharraichean an lùib seo maireannach. Tha coltas ann gum bi cothroman airson ionnsachaidh air-loidhne a' fàs – a' bualadh air cothroman ionnsachaidh, cothroman trèanaidh agus siostaman conaltraidh nas fharsainge is msaa. Bidh cothroman againn airson dòighean-obrach ùra a chruthachadh gus a bhith cinnteach gu bheil leasachaidhean airson na Gàidhlig co-ionann ri / nas fheàrr na leasachaidhean a' bualadh air lìbhrigeadh tron Bheurla.

Seisean Fosgailte
Cuspair 3

2.1 Gnìomhan 2020-21

2. Ionnsachadh na Gàidhlig	Gnìomhan 2020-21	Adhartas gu 25/05/20	Coileanadh gu 25/05/20	Dùil aig 31/03/21	Oifigear-stiùiridh aithris
			Dearg/Orainds/Uaine		
Meudachadh de 10% san àireimh de sheiseanan Bookbug bhon bhun-loidhne far a bheil i an-dràsta; meudachadh na h-àireimh de theaghlaichean	Àireamh iomchaidh de sheiseanan Bookbug a bharrachd gan lìbhrigeadh [Àireamhan bun-loidhne bho 19/20]	Tha obair a' dol air adhart air cruthachadh bun-loidhne. Tha seiseanan Bookbug a' ruith air-loidhne agus tha sinn gam foillseachadh air na meadhanan sòisealta. Cumaidh sinn sùil air an t-suidheachadh tro phlanadh agus tro choinneamhan Sgioba Foghlaim.			Stiùiriche Foghlaim
Thathar a' comharrachadh clàradh theaghlaichean aig Seiseanan EY gus fios a bhith ann air bun-loidhne agus coileanadh de mheudachadh 10% ann am frithealadh bhall teaghlaich.	Meudachadh de 10% san àireimh de theaghlaichean ann an Seiseanan EY gan lìbhrigeadh thar 2020-21.	Ann an co-theacsa Covid-19, cha bhi sinn an dùil an targaid a ruigsinn – bithear a' cur casg gu mòr air lìbhrigeadh sheirbheisean air feadh gach roinn FtG agus foghlam tro mheadhan na Beurla. 1. Cumaidh sinn sùil air adhartas – ann an co-theacsa Covid-19 - air a' chlàr-ghnothaich airson coinneamh na sgioba (06.20). (Tha coltas ann gun aontaich sinn gnìomhan / molaidhean airson gach 3 mìosan (is fad na bliadhna às dèidh-làimh). 2. Toolkit deiseil a-nis is ag obair air iomairt shanasachd (05.20) Obair a' leantainn air bun-loidhne dhearbhadh (05.20) – nas dùbhlanaiche ri linn Covid-19.			Stiùiriche Foghlaim
Modh-sgrùdadh air solar sheirbheisean an-dràsta airson Aireach-cloinne is Luchd-cùraim air a chur ri chèile agus aithisg deireannach air a dèanamh	Aithisg Mhodh-sgrùdaidh air a crìochnachadh a bhios na bunait airson leasachaidhean ann am planadh sheirbheisean ann an 21-22	1. Aonta gum bi fòcas againn air Airich-cloinne a-mhàin. Obair air tòiseachadh air àireamhan nàiseanta fhaighinn (05.20). Air a' chlàr-ghnothaich airson coinneamh na sgioba (06.20) – tha coltas ann gun cuir sinn ri chèile liosta le fiosrachadh air an làraich-lìn againn.			Manaidsear Foghlaim
Modh-sgrùdadh air ionnsachadh air a' bhlàr a-muigh san roinn thràth bhliadhnaichean	Crìoch air a chur air a' mhodh-sgrùdadh	1. Obair air tòiseachadh air an fhòrmat – air a' chlàr-ghnothaich airson coinneamh na sgioba (06.20) – conaltradh is co-obrachadh le Stòrlann Nàiseanta a thaobh An Alltain Bhig 20 (05.20)			Manaidsear Foghlaim
Leasachadh de 2-3 cothroman trèanaidh airson ionnsachadh air a' bhlàr a-muigh a chur am meud (Tuath/Deas/Eileanan)	Trèanadh air a thoirt seachad le beachdan deimhinneach air tighinn air ais thugainn	1. Conaltradh le Stòrlann Nàiseanta air planadh airson An Alltain Bhig 2020 (05.20) Air a' chlàr-ghnothaich airson coinneamh na sgioba (06.20).			Manaidsear Foghlaim
Obair an co-bhonn le Comann nam Pàrant airson com-pàirteachadh phàrantan a chur am meud	Prìomh raointean leasachaidh air an comharrachadh	1. Coinneamh nàiseanta le CnamP / Buidhnean Nàiseanta / Bòrd na Gàidhlig (03.20). Plana airson na h-ath choinneimh 08.20 – ri linn Covid-19 tha sinn ag obair le CnamP airson tachartais air-loidhne a lìbhrigeadh.			Manaidsear Foghlaim
Gach àrd-sgoil le Plana Gàidhlig/Aithisg Inbhean is Càileachd Bliadhnail	Meudachadh ann an solar chuspairean agus meudachadh ann an tagraidhean SQA air feadh na dùthcha	1. Fiosrachadh a bharrachd le Association of Directors of Education Scotlan (ADES)/ GAelic Local Authorities' Network GLAN (05.20). Fiosrachadh le Foghlam Alba (FA) (04.20). 2. Coinneamh leis an Northern Alliance (03.20) a' toirt seachad barrachd mìneachaidh air na molaidhean againn. 3. Ùrachadh aig coinneamh GLAN (05.20)– tha sinn air fiosrachadh sgrìobhte a bharrachd a thoirt dhaibh. (Ri linn Covid-19 tha coltas ann nach bi planadh/aithriseadh mar a bha e ann an seisean 19-20).			Stiùiriche Foghlaim
Co-labhairt Àrd-stiùireadh	Co-labhairt ga lìbhrigeadh le àrd-sgiobaidhean stiùiridh air an trèanadh	1. Cha bhi GLAN a' tachairt mar a bha sinn an dùil ri linn Covid-19 (tachartas 06.20). Tha sinn ann an conaltradh le GLAN, is tha aonta ann gum bi GLAN a' beachdachadh leis an Sgioba Foghlaim air tachartas trèanaidh aig deireadh 2020/ toiseach 2021. 2. Chaidh a' chiad Nota Brath-ullachaidh a-mach gu ADES (Stiùirichean Foghlaim) 05.20 – le fiosrachadh air Planadh san Àrd-sgoil is Cùrsaichean Bogaidh.			Stiùiriche Foghlaim/Manaidsear Foghlaim
Obair ann an co-bhonn le GTCS, Oilthighean air àireamh nan tidsearan a chur am meud – slightean a-steach ùra agus leasaichte.	Slighean a-steach gu ATQ a tha soilleir agus rannsachaidhean cùise gan leasachadh air deagh chleachdadh	1. Bileag is Suirbhidh Nàiseanta deiseil, le taic bhon sgioba againn. Aonta leis an CCTA gun tèid e a mach san Ògmhìos 2020. 2. Coinneamhan is taic a' leantainn leis a' phlana airson an ATQ Gaelic (coinneamh le Srath Chluaidh 04.20, coinneamhan a barrachd le Srath Chluaidh, CCTA, Comhairle Baile Ghlaschu 05.20 is 06.20).			Stiùiriche Foghlaim
Obair le Leasachadh Sgìlean na h-Alba (LSA) air bursaraidhean (mac-samhail STEM)	Frèam bhursaraidhean air bhonn	1. Dh'obraich an t-Oifigear Trusadh Luchd-teagaisg/ Stiùiriche Foghlaim leis an Sgioba STEM aig an Riaghaltas agus Leasachadh Sgìlean na h-Alba (LSA) (tha iad a' stiùireadh an sgeama			Stiùiriche Foghlaim

Seisean Fosgailte
Cuspair 3

2. Ionnsachadh na Gàidhlig	Gnìomhan 2020-21	Adhartas gu 25/05/20	Coileanadh gu 25/05/20	Dùil aig 31/03/21	Oifigear-stiùiridh aithris
			Dearg/Drainds/Uaine		
		STEM às leth an Riaghaltais). Ùrachadh air fiosrachadh nàiseanta airson STEM ri fhaotainn (mar thoradh air seo). Oifigearan air tòiseachadh air obrachadh air portal fiosrachaidh airson bursaraidhean/taic maoineachais (05.20).			
Rannsachadh air cùrsaichean bogaidh air feadh Alba	Rannsachadh crìochnaichte	Stiùiriche Foghlaim is Oifigear Trusadh Luchd-Teagaisg air tòiseachadh air obair air pròiseasan tairgse (05.20).			Stiùiriche Foghlaim
Cùrsa air Bogadh Eadar-amail do thidsearan	Maoineachadh agus pròiseas airson barantachadh càileachd air bhonn	1. Aonta air solaraichean: Oilthigh Ghlaschu / SMO / Colaisde a' Chaisteil (UHI) 2. Aonta le Ughdarrasan Ionadail (Coinneamh GLAN 01.20) Obair a' leantainn le oifigearan is Ùghdarrasan Ionadail (tro choinneamhan fa leth, puist-dealain, litrichean agus fiosrachadh san eadar-lìon). Ceann-là airson iarrtasan aig deireadh a' Chèitein 2020 (mar thoradh air Covid-19, tha e dualtach gum bi sùbailteachd a dhìth a thaobh cinn-là). Chaidh fiosrachadh a-mach gu ADES a' dearbhadh gum bi cùrsaichean bogaidh fosgailte airson luchd-teagaisg 20-21.			Manaidsear Foghlaim
Obair an co-bhonn tro LearnGaelic gus àireamh an luchd-ionnsachaidh inbheach a chur am meud.	An àireamh de luchd-ionnsachaidh inbheach a' cur stuthan LearnGaelic gu feum a' dol am meud. An àireamh de luchd-ionnsachaidh inbheach ann an gnìomhachdan ionnsachaidh foirmeil a' dol am meud.	1. Tro cho-obrachadh air Adhartas nas Luaithe, tha stadastaireachd againn gu bheil an àireamh de dhaoine a tha a' cleachdadh na làraich-lìn agus nam meadhanan sòisealta aig LearnGaelic a' dol am meud gu mòr. 2. Tha sinn ag obair còmhla ris an sgioba aig LearnGaelic airson coinneamh A' Bhùird-stiùiridh a chur air dòigh 06.20. Tha sinn air tòiseachadh air co-obrachadh leis an Oilthigh Fhosgailte airson cùrsa luchd-ionnsachaidh a chruthachadh (coinneamh 05.20)			Stiùiriche Foghlaim
Beachdan a' tighinn air ais thugainn bho mhodh-sgrùdadh air sgilean aig Seiseanan nan Tràth-bhliadhnaichean	Fiosrachadh air a chruinneachahd is a mheasadh.	1. Thòisich sinn air obrachadh air dreachd mhodh-stiùiridh air sgilean (03.20).			Manaidsear Foghlaim
Co-labhairt NQT (Newly qualified teachers)	Co-labhairt air a lìbhrigeadh an co-bhonn leis an fheadhainn aig a bheil ùidh	Chaidh seo ath-dhealbhadh mar thachartas air-loidhne 1.06.20 agus 8.06.20. Dèante.			Stiùiriche Foghlaim
Beachdan a' tighinn air ais thugainn bho ghnìomhachdan le maoineachadh bho BhnG no bho thachartasan BhnG	Fiosrachadh air a chruinneachadh is a mheasadh	1. Thòisich sinn le pròiseas airson fèin-mheasadh leis a' Cho-labhairt Air-loidhne airson Luchd-teagaisg Ùra (An Cèitean / An t-Ògmhìos 2020).			Stiùiriche Foghlaim
Lìbhrigeadh an Sgeama de Thabhartasan Foghlam na Gàidhlig agus cruinneachadh an fhiosrachaidh a thig air ais thugainn	Sgeama air a ruith agus fiosrachadh a thig air ais air a chruinneachadh is a mheasadh	1. Sgeama Tabhartasan Foghlaim fosgailte a-nise (Ceann-là: An t-Sultain 2020).			Manaidsear Foghlaim
2-3 Buidhnean Fòcas còmhla ri Sgoilearan le #cleachdi	Buidhnean Fòcas gan ruith an co-bhonn le feadhainn aig a bheil ùidh	(Nas dùbhlanaiche ann an co-theacsa Covid-19) Aonta aig coinneamh nan oifigearan (05.20) gum bi cothrom againn sreath de choinneamhan a chur an dòigh ann an Teirm 2 (An Dàmhair – An Dùbhlachd 2020). Mur eil cothroman ann airson coinneamhan ann an sgoiltean, cruthaichidh sinn cothroman air-loidhne.			Stiùiriche Foghlaim
Co-obrachadh le LearnGaelic, LSA agus Stòrlann gus sgilean a rannsachadh an taca ris an CEFR.	Fiosrachadh air a chruinneachadh is a mheasadh.	Aonta aig coinneamh nan oifigearan (05.20) gun cuir sinn an dòigh coinneamh le LSA / Learn Gaelic / Stòrlann anns an Lùnastal 2020 airson an CEFR a chur air adhart.			Stiùiriche Foghlaim

Seisean Fosgailte
Cuspair 3

3. A' Cur na Gàidhlig air Adhart

3. Promoting Gaelic

Prìomhachas Ro-innleachdail 3: Gum bi barrachd dhaoine ann an Alba taiceil is bàidheil do chànan is cultar na Gàidhlig	**Strategic Priority 3:** More people in Scotland are positive about Gaelic language and culture

▪ **Ciamar a tha an t-adhartas a' cuideachadh le bhith a' lìbhrigeadh na lèirsinn?**	'S e aithneachadh am facal as cudromaiche ann an co-theacsa a' phrìomhachais ro-innleachdail a tha seo. 'S ann tro bhith a' cur air adhart na Gàidhlig, tro na gnìomhan gu h-ìosal a bhios Bòrd na Gàidhlig ag amas gum bi barrachd aithneachadh am measg a' phobaill ann an Alba agus gu h-eadar-nàiseanta gu bheil Gàidhlig mar phàirt bunaiteach de bheatha muinntir na h-Alba agus mar chànan prìseil a tha a' cur ri cultar is eaconamaidh na dùthcha.
▪ **A bheil adhartas mu choinneimh na lèirsinn mar a bhiodh dùil?**	Tha adhartas air a bhith ann le cinnt, ach feumar aithneachadh gu bheil COVID-19 a' ciallachadh gu bheil tòrr dhaoine a' dèiligeadh ri cùisean èiginneach an-dràsta – an dà chuid aig ìre pearsanta agus aig ìre proifeiseanta. Tha obair ri dhèanamh gus cleachdadh agus ionnsachadh na Gàidhlig a chumail mar phàirt den chòmhradh phoblach ann an Alba. A dh'aindeoin nan dùbhlan, tha na h-àireamhan de dhaoine tha ag ionnsachadh na Gàidhlig tro LearnGaelic.scot agus Duolingo a' fàs agus tha seo a' dearbhadh gu bheil ùidh aig daoine sa Ghàidhlig agus gu bheil tòrr ag aithneachadh gu bheil Gàidhlig cudromach dhaibh.

Prìomh Chomharra Coileanaidh	Targaid	Adhartas gu 25/05/20	Coileanadh gu 25/05/20	Dùil aig 31/03/21	Oifigear-stiùiridh aithris
			Dearg/Orainds/Uaine		
Prìomh Chomharra Coileanaidh 6: A' dèanamh cinnteach gu bheil barrachd àite aig a' Ghàidhlig ann an aithne nàiseanta na h-Alba, aithne-dùthcha fhosgailte le iomadh taobh is cultar	Thèid ionnsachadh is cleachdadh na Gàidhlig aithneachadh/àbhaisteachadh ann an còrr de shuidheachaidhean air feadh na dùthcha air fad	Tha na h-àireamhan de dhaoine a tha ag ionnsachadh na Gàidhlig air-loidhne a' sìor-fhàs. Tha seo a' ciallachadh gu bheil ionnsachadh na Gàidhlig a' fàs ann an Alba agus mar thoradh air sin, thathas an dùil gum bi cleachdadh na Gàidhlig a' fàs nas àbhaistiche cuideachd.			Stiùiriche Planadh Cànain is Leasachaidhean Coimhearsnachd
	Barrachd còmhraidh, ionnsachaidh is com-pàirtichean le raon farsaing de bhuidhnean ann an Alba.	Tha Bòrd na Gàidhlig a' co-obrachadh le tòrr diofar bhuidhnean air feadh Alba – anns an roinn phoblaich, companaidhean prìobhaideach agus buidhnean anns an roinn shaor-thoileach.			Stiùiriche Planadh Cànain is Leasachaidhean Coimhearsnachd
Prìomh Chomharra Coileanaidh 7: Barrachd dhaoine ag aontachadh leis an abairt "Tha Gàidhlig cudromach do dh'Alba"	Meudachadh ann an dol-a-mach ciatach a thaobh na Gàidhlig (còrr is 81% - Scottish Social Attitudes Survey)	Thathas an dùil còmhraidhean a chumail le ScotCen leis an amas ceistean mu dheidhinn na Gàidhlig a bhith anns an t-suirbhidh aig a' chiad chothrom.			Stiùiriche Planadh Cànain is Leasachaidhean Coimhearsnachd
	Stuthan a tha ann agus stuthan ùra air an gabhail os làimh gu soirbheachail	Gu ruige seo am-bliadhna, chan eil adhartas air a bhith ann.			Stiùiriche Planadh Cànain is Leasachaidhean Coimhearsnachd
	Barrachd phàrtaidhean poilitigeach a' gealltainn taice ri leasachadh na Gàidhlig	Bidh barrachd fòcais air seo nas fhaide air adhart sa bhliadhna leis gu bheil prìomhachas aig luchd poilitigs air COVID-19 an-dràsta.			Stiùiriche Planadh Cànain is Leasachaidhean Coimhearsnachd

Cothroman Ùra Dè na gnìomhan eile a dh'fhaodadh cuideachadh le adhartas leis an lèirsinn:
Leis a' ghlacadh ri linn COVID-19, tha e follaiseach gu bheil barrachd is barrachd dhaoine a' gabhail an cothrom Gàidhlig ionnsachadh. 'S e cothrom air leth a tha seo ann an suidheachadh cho duilich. Tha e cudromach gum bi Bòrd na Gàidhlig agus buidhnean eile a' gabhail a' chothruim seo a) gus am bi barrachd dhaoine a' ruighinn ìre fileantais far am bi e comasach dhaibh Gàidhlig a chleachdadh nas trice b) gus am bi barrachd dhaoine ann an Alba taiceil dhan chànain anns an fharsaingeachd agus c) gus am bi barrachd dhaoine a' dol gu coimhearsnachd far a bheilear tòrr le Gàidhlig, gus na sgilean aca a chleachdadh.

Seisean Fosgailte
Cuspair 3

3.1 Gnìomhan 2020-21

3. A' Cur na Gàidhlig air Adhart	Gnìomhan 2020-21	Adhartas gu 25/05/20	Coileanadh gu 25/05/20	Dùil aig 31/03/21	Oifigear-stiùiridh aithris
			Dearg/Orainds/Uaine		
Obraichidh sinn còmhla ris, agus ionnsaichidh sinn bho, na buidhnean eile a bhios ag iomairt gus cùisean sònraichte àbhaisteachadh sa chomann-sòisealta. Me Stonewall Scotland	Meudachadh ann an co-obrachadh a dh'fhàgas sinn le tuigse nas fheàrr de dh'atharrachaidhean sòisealta – aon dòigh-obrach ùr air a gabhail os làimh.	Chan eil adhartas air a bhith ann gu ruige seo ach thathas ag amas thairis air na mìosan ri thighinn gum bi sinn a' bruidhinn ri buidhnean eile mu dheidhinn nan dòighean-obrach aca, leis an dùil aon dòigh iomairt ùr a thoirt air adhart.			Stiùiriche Planadh Cànain is Leasachaidhean Coimhearsnachd
Obair ann an co-bhonn, bidh sinn a' cruthachadh stuthan gus taic a chumail ri sgoiltean, buidhnean is daoine fa leth airson tuigse nas fheàrr fhaighinn air àite na Gàidhlig ann an Alba.	Stuthan ùra gan cruthachadh is na stuthan a tha ann gan cur air adhart tro GLAN, SQA agus Foghlam Alba.	Leis gu bheil cùisean cho mi-àbhaisteach an-dràsta le foghlam ann an Alba, chan eil mòran adhartais air a bhith ann gu ruige seo. Bu chòir gun tèid a' mhòr-chuid den phròiseact seo a ghluasad dhan dàrna leth den bhliadhna. An-dràsta ge-ta, tha cothrom ann bruidhinn ri bhuidhnean, leithid GLAN, SQA is Foghlam Alba mu na tha a dhìth. Dh'fhaodadh a' bhideo "Scottish Gaelic Explained" a bhith cuideachail, a bharrachd air na mapaichean le ainmean-àite a chaidh a chruthachadh le Ainmean Àite na h-Alba is Bòrd na Gàidhlig.			Stiùiriche Planadh Cànain is Leasachaidhean Coimhearsnachd
Le com-pàirteachadh, a' cur air bhonn iomairt gus daoine a bhrosnachadh a bhith a' lìonadh nan ceistean air Gàidhlig ann an Cunntas-sluaigh 2021	Iomairt ann bhon Dùbhlachd 2020 agus ga lìbhrigeadh air làraichean mheadhanan sòisealta bhon Fhaoilleach chun a' Mhàirt 2021	'S e a tha san amharc dhuinn iomairt a chur air dòigh san Dùbhlachd 2020 mar a bhathas an dùil ann an co-bhonn le sgioba Cunntas-sluaigh na h-Alba. Bithear a' cleachdadh nam beagan mìosan a tha romhainn gus an iomairt is na stuthan a tha ceangailte rithe a chur ri chèile, le fòcas thar làraichean nam meadhanan sòisealta.			Stiùiriche Planadh Cànain is Leasachaidhean Coimhearsnachd
Bheir sinn seachad stiùireadh ann an co-òrdanachadh agus lìbhrigeadh den iomairt Adhartas nas Luaithe a bharrachd air a bhith a' brosnachadh tuilleadh obair chom-pàirteach ann an lìbhrigeadh nam Planaichean Gàidhlig (an dà chuid, reachdail is saor-thoileach)	Meudachadh ann an conaltradh tàr-roinneil agus coileanadh phròiseactan.	Tha siostam a-nis stèidhichte taobh-a-staigh Bòrd na Gàidhlig, far a bheil diofar sgiobaidhean ag obair air an iomairt Adhartas nas Luaithe. Tha na sgiobaidhean seo a' tighinn còmhla ri chèile gach cola-deug agus tha seo a' toirt conaltradh tàr-roinneil air adhart anns a' bhuidhinn. Cha bhi an tachartas Adhartas nas Luaithe a' gabhail àite aghaidh-ri-aghaidh anns an Lùnastal mar a bhathas an dùil ach tha an obair fhathast a' dol air adhart taobh a-staigh agus taobh a-muigh na buidhne gus na 5 sruthan-obrach a thoirt air adhart.			Stiùiriche Planadh Cànain is Leasachaidhean Coimhearsnachd
	Barrachd phlanaichean èifeachdach is air an lìbhrigeadh ann an ùine a tha reusanta.	Tha oifigearan Bhòrd na Gàidhlig ag obair le 68 ùghdarrasan poblach aig a bheil planaichean reachdail aontaichte no tha ag obair air fear ullachadh. Tha an suidheachadh COVID-19 a' ciallachadh gu bheil prìomhachasan èiginneach aig tòrr ùghdarrasan an-dràsta agus tha cuid de na h-oifigearan a tha an sàs le obair na Gàidhlig gu àbhaisteach an sàs le obair eile an-dràsta. Ri linn an t-suidheachaidh seo, tha Bòrd na Gàidhlig a' toirt barrachd sùbailteachd gu ùghdarrasan far a bheil sin comasach.			Stiùiriche Planadh Cànain is Leasachaidhean Coimhearsnachd
Iomairt airson buannachdan is cothroman a chur air adhart ann an ionnsachadh is cleachdadh na Gàidhlig a bharrachd air faighneachd "dè as urrainn dhomhsa dèanamh airson na Gàidhlig".	Stuthan ùra air an cruthachadh.	Aig an ìre seo tha fòcas air cruthachadh stuthan ùra fo bhratach na h-iomairt #cleachdi a tha a' leantainn an-dràsta. Thèid an iomairt fhèin a chur am follais san dàrna leth den bhliadhna.			Stiùiriche Planadh Cànain is Leasachaidhean Coimhearsnachd
Obair an co-bhonn leis na pàrtaidhean poilitigeach uile gus dealas a bharrachd a bhrosnachadh ris a' Ghàidhlig.	Gealltanasan Gàidhlig nas fhaicsinnich ann am manifestothan nam pàrtaidhean poilitigeach son an tagraidh Albannach ann an 2021	Bidh barrachd fòcais air seo nas fhaide air adhart sa bhliadhna leis gu bheil prìomhachas luchd poilitigs air COVID-19 an-dràsta. Aig an aon àm ge-tà, tha e cudromach gum bi Gàidhlig fhathast mar phàirt den chòmhradh nàiseanta agus ri linn sin, tha Bòrd na Gàidhlig air a bhith ag obair ann an co-bhonn le Holyrood Magazine agus an Herald. Tha pìosan mu dheidhinn na Gàidhlig air a bhith anns na h-irisean seo bho chionn greis. Tha obair air meadhanan sòisealta a' Bhùird a' leantainn air adhart cuideachd.			Stiùiriche Planadh Cànain is Leasachaidhean Coimhearsnachd
	Dèanamh cinnteach gum bi cudromachd na Gàidhlig fhathast ri fhaicinn.				Stiùiriche Planadh Cànain is Leasachaidhean Coimhearsnachd

Seisean Fosgailte
Cuspair 3

4. Deagh Riaghladh

4. Good Governance

Prìomhachas Ro-Innleachdail 4: Gun cùm Bòrd na Gàidhlig air a' leasachadh nan dòighean-obrach aige	**Strategic Priority 4:** Bòrd na Gàidhlig continues to develop how it works

▪ **Ciamar a tha an t-adhartas a' cuideachadh le bhith a' lìbhrigeadh na lèirsinn?**	Tha an t-adhartas gu ruige seo a' cur ri ar lèirsinn tro: Trèanadh is leasachadh airson an sgioba air fad; prògram leasachadh a' leantainn air aithisgean luchd in-sgrùdaidh. Tha suidheachadh a thaobh obair bhon taigh a' ciallachadh gu bheil sinn a' dèanamh tòrr adhartais a thaobh na h-àrainneachd.
▪ **A bheil adhartas mu choinneimh na lèirsinn mar a bhiodh dùil?**	Tha, a dh'aindheoin a bhith ag obair bhon taigh.

Prìomh Chomharra Coileanaidh	Targaid	Adhartas gu 25/05/20	Coileanadh gu 01/05/20	Dùil aig 31/03/21	Oifigear-stiùiridh aithris
			Dearg/Orainds/Uaine		
Prìomh Chomharra Coileanaidh 8: Barrachd den luchd-obrach againn ag aontachadh ris a' bheachd "Tha m' obair aig Bòrd na Gàidhlig a' toirt toileachas dhomh agus tha i a' dèanamh diofar" More of our staff agreeing with the statement "My work at Bòrd na Gàidhlig is fulfilling and makes a difference"	Tha luachan a' bhuidhinn againn air fhighe a-steach san dòigh-obrach againn	Tha sinn a' cleachdadh nan luachan mar phàirt den t-siostam measadh coileanaidh pearsanta, agus aig toiseach choinneamhan m.e. Dè tha Dol			Ceannard
	Thathar a' toirt an trèanaidh is na taice a tha a dhìth don luchd-obrach	Chùm sinn co-labhairt luchd-obrach fad 2 là sa Ghiblean; tha buill den sgioba air a bhith air cùrsaichean trèanaidh agus tha seirbheisean taice ann a bhios daoine a' cleachdadh son taic phearsanta			Ceannard
Prìomh Chomharra Coileanaidh 9: Tha barrachd den luchd-ùidh againn ag aontachadh ris a' bheachd "Tha Bòrd na Gàidhlig a' coileanadh a dhleastanasan gu èifeachdach agus tha e a' cur ris na tha sinn a' dèanamh" More of our stakeholders agreeing with the statement "Bòrd na Gàidhlig is effective in its role and contributes to what we do"	Cliù corporra ciatach le luchd-ùidh air daingneachadh	Thèid a' chiad choinneamh aig a' bhòrd-stiùiridh a chumail air-loidhne 26/5/2020 is tha na pàipearan ri fhaighinn mar-thà. Chaidh fios a sgaoileadh tro na meadhanan s/t 18/5/2020			Ceannard
	Cleachdaidhean fallain stiùiridh ionmhais is cunnairt gan glèidheadh	Choimhead Comataidh Sgrùdaidh is Dearbhachd air a' chlàr mhì-chinntean ro-innleachdail agus chaidh ùrachadh a dhèanamh air ro-innleachd rianachd mhì-chinntean aig a' choinneimh air 7/05/2020.			Ceann an Ionmhais
Prìomh Thaisbeanair Choileanaidh 10: Lùghdaichidh sinn na h-eimiseanan carboin againn gach bliadhna, a' ruigsinn meidh-neoini de dh'eimiseanan cho luath 's a ghabhas agus ro 2045.	Bun-loidhne de dh'eimiseanan carboin is targaidean lùghdachaidh air bhonn agus gan ruigsinn	Cha do thòisich obair air seo fhathast			Manaidsear Gnìomhan
	An dòigh-obrach againn mar bhuidheann air atharrachadh gus tighinn gu meidh-neoini ann an eimiseanan cho luath 's a ghabhas	O thoiseach na bliadhna 20/21, chan eil neach sam bith sa bhuidhinn air a bhith a' siubhail. Ged nach do thagh sinn seo, leis gu bheil na dòighean eile airson coinneamhan a chumail ag obair gu math, bidh sinn gan cumail fiu 's nuair a bhios e ceadaichte dhuinn a bhith a' siubhal.			Manaidsear Gnìomhan

Cothroman Ùra Dè na gnìomhan eile a dh'fhaodadh cuideachadh le adhartas an aghaidh an lèirsinn

Seisean Fosgailte
Cuspair 3

4.1 Gnìomhan 2020-21

4. Deagh Riaghladh	Gnìomhan 2020-21	Adhartas gu 25/05/20	Coileanadh gu 01/05/20	Dùil aig 31/03/21	Oifigear-stiùiridh aithris
			Dearg/Orainds/Uaine		
Leasachadh sgilean is comasan nam ball is an luchd-obrach	Prògram inntrigidh air a dhèanamh foirmeil airson luchd-obrach is ball ùra a' bhùird agus brosnachadh fiosrachadh a thoirt air ais thugainn airson leasachadh leantainneach.	Thèid seo air adhart sna trì mìosan a tha ri thighinn. Fhuair am ball ùr inntrigeadh dhan bhuidhinn air-loidhne.			Manaidsear Gnìomhan & Ceannard
	Leasachadh Plana Trèanadh a' bhuidhinn gus toirt a-steach trèanadh an luchd-obrach is feumalachdan leasachaidh.	Sna ciad 3 mìosan de 20/21, chaidh plana eadar-amail a chruthachadh a' coimhead ri gluasad gu cothroman air-loidhne far an gabh sin dèanamh. San dàrna leth den bhliadhna, cnuasaichidh sinn air na tha fhathast ri choileanadh is na tha fhathast sna planaichean airson na h-ath bhliadhna ionmhais.			Manaidsear Gnìomhan
Dèanamh cinnteach gu bheil com-pàirteachadh agus conaltradh èifeachdach tron bhuidheann air fad	Sgrùdadh an luchd-obrach a' sealltainn gu bheil piseach air tighinn air gnothaichean bhon uiridh [Cuiribh bun-loidhne ris bhon sgrùdadh Mhàrt 2020, nuair a tha sin crìochnaichte]	Tha sgrùdadh an luchd-obrach a' leantainn air mar a bhathar an dùil. Thèid aithisg air toraidhean a thoirt don Chomataidh Phoileasaidh is Ghoireasan.			Ceannard
Togail agus cumail cùrsa ionmhais leantainneach airson Bòrd na Gàidhlig	Plana Ionmhais Meadhan-ùine (MTFP) air ath-sgrùdadh is ath-nuadhachadh gus stiùireadh ionmhais ro-innleachdach nas èifeachdaich a chur air bhonn	Ath-sgrùdadh den MTFP mar thoradh air Covid-19.			Ceann an Ionmhais
A bhith cunntachail, èifeachdach is buadhmhor agus sinn a' cleachdadh stuthan gus luach airgid a dhaingneachadh	Prògram de mhodhan-sgrùdaidh is molaidhean a bhuineas dhaibh air an cur an gnìomh	Tha am prògram in-sgrùdaidh air aontachadh agus tha obair a' dol air adhart gus na molaidhean bho aithisgean 19/20 a chur an gnìomh			Ceannard
	Faighinn beachdan air ais bho cho-chomhairleachadh am measg an luchd-ùidh a ghabhas cur gu feum a thaobh cleachdadh maoineachaidh	Co-chomhairleachadh air buaidh Chovid-19 gu bhith air a dhèanamh; agus toraidhean air an cleachdadh ann a bhith a' tighinn gu co-dhùnaidhean.			Stiùiriche Planadh Cànain is Leasachaidhean Coimhearsnachd
Faighinn fianais air beachdan nas ciataich bhon luchd-ùidh	Sgrùdadh an luchd-ùidh a bhith a' sealltainn gu bheil co-dhiù 70% gu tur no gu ìre mhòr riaraichte leis a' bharail "Tha Bòrd na Gàidhlig èifeachdach san ròl aige agus a' cur ris na tha sinne a' dèanamh." [Bun-loidhne: 2019/20: 65%]	Dh'fhaodadh dàil a bhith ann le sgrùdadh an luchd-ùidh.			Ceannard
Comharrachadh targaidean lùghdachaidh ann an eimiseanan carboin airson Bòrd na Gàidhlig	Bun-loidhne de dh'eimiseanan carboin air a comharrachadh is air a cleachdadh airson targaidean lùghdachaidh a shònrachadh thar nan 5 bliadhnaichean ri teachd	Bu chòir fiosrachadh a thional airson siubhal rathaid/bus/trèana/plèana/aiseig sna 3 mìosan a tha romhainn airson bun-loidhne a stèidheachadh. Aon uair is gu bheil e comasach faidhleachan fhaighinn cuirear tagraidh cosgaisean-mìle an luchd-obrach ris. San dàrna leth den bhliadhna bheir sinn sùil air mar a bhios sinn a' gluasad air adhart bhon bhun-loidhne agus a' cur sin an gnìomh airson 21/22.			Ceannard
	Plana àrainneachd Bòrd na Gàidhlig air ùrachadh gus na targaidean seo a thoirt a-steach	Plana air ùrachadh is air a chur fo chomhair Comataidh Poileasaidh is Goireasan taobh a-staigh 6 mìosan. San dàrna leth den bhliadhna thèid plana gnìomh a chruthachadh a chuirear an gnìomh ann an 2021/22.			Ceannard
Atharrachadh san dòigh-obrach againn airson a bhith a' toirt a-steach ceumannan gus carbon a lùghdachadh	Lùghdachadh co-dhiù 25% san àireimh de choinneamhan aghaidh ri aghaidh far a bheil siubhal a dhìth ann an 2020-21 an taca ri 2019-20	Leig Covid-19 leinn seo fheuchainn a-mach agus thèid ath-sgrùdadh a dhèanamh air èifeachdas; aon uair is gu bheilear air ais san oifis nithear co-dhùnaidhean air mar a lùghdaichear an àireamh de choinneamhan aghaidh-ri-aghaidh san àm ri teachd.			Manaidsear Gnìomhan
	Foillseachadh cairt èiginn ghnàth-sìde airson a' bhuidhinn gus an dùil againn a shoilleireachadh a thaobh sgioba Bòrd na Gàidhlig agus mar a bhios sinn ag obair le com-pàirtichean air an taobh a-muigh.	Cha do thoisich obair air seo fhathast.			Ceannard
	Dèanamh cinnteach gu bheil stiùireadh meatragsan sgòraidh airson gach sgeama maoineachaidh an 2021-22 a' toirt a-steach beachdachadh air ceumannan gus carbon a lùghdachadh mar shlat-tomhais maoineachaidh	Cha do thoisich sinn air sgeamaichean maoineachaidh 20-21 fhathast.			Stiùiriche Planadh Cànain is Leasachaidhean Coimhearsnachd

Seisean Fosgailte
Cuspair 3

Dearg Orains Uaine

Bidh aithisgean adhartais gu tric a' dèanamh feum de shiostam le 'solais trafaig' gus sealltainn dè an t-adhartas a thathar a' dèanamh le pròiseactan. Ge-tà, tha cho èifeachdach 's a tha an goireas measaidh seo gu tur an urra ris cho dìcheallach 's a tha am manaidsear le uallach air a shon agus cho fìor 's a tha an ìre-adhartais a chaidh a chomharrachadh airson a' phròiseict. Cha bu chòir siostam nan solas-trafaig a chleachdadh gus trioblaidean fhalach, agus 's e an t-amas a th' aige adhartas a chomharrachadh agus sealltainn gu soilleir nuair dh'fheumas an Sgioba Stiùiridh/am Bòrd Stiùiridh rudeigin a dhèanamh mu chion adhartais – me, a' tomhas adhartas, a' cur ghnìomhan an sàs gus cùisean a chur ceart, agus a' cumail fios ris an Sgioba Stiùiridh agus ris a' Bhòrd Stiùiridh.

	Adhartas sa bhliadhna seo gu ruige seo	**Ro-mheasadh air an t-suidheachadh a bhios ann aig deireadh na bliadhna ionmhais**
	• Cha do thòisich an obair seo fhathast. • Tha duilgheadasan mòra ann leis a' phròiseact seo. • Feumaidh manaidsearan cùisean a leasachadh sa bhad.	• Tha cunnart ann nach bi am pròiseact deiseil nuair a bu chòir dha a bhith • Feumar gnìomhan leasachaidh a chur an sàs airson a' phròiseict gus cinn-uidhe ghnothachais a choileanadh agus/no gus dèanamh cinnteach gun tèid an obair thoirt gu buil • [Nota: 1: Ma tha manaidsear an dùil gum bi ìre-adhartais dhearg ann aig deireadh na bliadhna, bu chòir dhaibh innse dè na goireasan is gnìomhan a tha dhìth gus an ìre-adhartais atharrachadh, agus/no carson nach gabh am pròiseact a choileanadh.] • [Nota 2: Bu chòir don Sgioba Stiùiridh coimhead air a' ghnìomh, còmhla ris a' mhanaidsear le uallach air a shon, gus faicinn dè as coireach gu bheil ìre-adhartais dhearg ann agus gus plana gnìomh a dhealbh airson dèanamh cinnteach nach fhàs cùisean nas miosa agus gus an cron a nì an cion adhartais air cliù na buidhne agus air a' bhuidhinn san fharsaingeachd a lùghdachadh gu ìre cho beag 's as urrainn.]
	• Chan eil e air a choileanadh, thathar a' dèanamh adhartas. • Tha obair air tòiseachadh air seo. • Tha an obair a' dol air adhart mar a bhathar an dùil.	• Thathar an dùil gum bithear air adhartas nach beag a dhèanamh air seo aig deireadh na bliadhna, ach cha bhi an gnìomh air a choileanadh gu tur. • [Nota 3: Bu chòir don Sgioba Stiùiridh coimhead air a' ghnìomh, còmhla ris a' mhanaidsear le uallach air a shon, gus bruidhinn air dè na gnìomhan/goireasan a dh'fhaodadh cuideachadh le bhith a' coileanadh na h-obrach gus an gabh a comharrachadh mar Uaine.]
	• Tha an gnìomh seo air a choileanadh, agus chan eil duilgheadasan ann.	• Thathar an dùil gun tèid an gnìomh a choileanadh a rèir a' chlàir-ama/plana/buidseat a chaidh aontachadh.

Seisean Fosgailte
Cuspair 4.1

A' freagairt ri	A' Chomataidh Poileasaidh is Goireasan
Ceann-latha na Coinneimh	09/06/2020
Àite:	Air-loidhne
Nì a' Chlàir-ghnothaich	4.1

Tiotal a' Phàipeir	Planaichean Gàidhlig	
Moladh do Bhuill	Ri Aontachadh	
Neach labhairt:	Daibhidh Boag, Stiùiriche Planadh Cànain is Leasachaidhean Coimhearsnachd	
Cùrsa Riaghlachais airson na h-Aithris	**Ceann-latha na Coinneimh**	**Seòrsachadh na h-Aithris**
Sgioba-stiùiridh	27/05/2020	Ri Aontachadh
Pàipear-taice air a cheangal ris	PT1 - Comhairle na h-Eaglaise Brice	

1.0	**Adhbhar**
1.1	A' sireadh aonta air plana reachdail fo Achd na Gàidhlig (Alba) 2005
2.0	**Cùl-fhiosrachadh**
2.1	Chaidh am plana seo tro phròiseas pannal nam planaichean a-cheana far an deach sgrùdadh a dhèanamh air aig ìre mhionaideach.
3.0	**Prìomh Aithris/Fiosrachadh**
3.1	PT1 – Comhairle na h-Eaglaise Brice. Ghabh iad ris na molaidhean a thog am pannal gu ìre mhòr. Thathas den bheachd gu bheil an dreachd phlana a-nis aig an ìre as fhèarr a gheibhear e.
4.0	**Moladh**
4.1	Aire a thoirt don fhiosrachadh ann am PT1
4.2	Aonta a chur ris an dreachd plana aig Comhairle na h-Eaglaise Brice.
5.0	**Prìomh Bhuaidhean Ro-innleachdach**
5.1	**Buaidhean air Ionmhas**
	Chan eil buaidh ann.
5.2	**Buaidhean air Luchd-obrach**
	Chan eil buaidh ann.
5.3	**Buaidhean air Trèanadh**
	Chan eil buaidh ann.
5.4	**Ceanglaichean ri Amasan Ro-innleachadh agus Corporra**
	Tha dlùth cheangal ann eadar am plana reachdail seo agus a' cur air adhart cleachdadh, ionnsachadh agus ìomhaigh na Gàidhlig anns an sgìre seo agus gu nàiseanta. Bidh am plana seo a' cur air adhart nam prìomh amasan anns a' phlana chorporra aig Bòrd na Gàidhlig gu sònraichte mar a leanas:- *"A' dèanamh cinnteach gum bi buaidh nas motha aig Planaichean Gàidhlig air cùisean agus a' toirt taic do dh' Ùghdarrasan Poblach gus sanasachd a dhèanamh air an obair a nì iad don Ghàidhlig"*

Seisean Fosgailte
Cuspair 4.1

5.5	**Ceanglaichean ris an Fhrèam-obrach Coileanaidh Nàiseanta**

AR N-ADHBHAR	AR LUACHAN
Fòcas air a bhith a' cruthachadh dùthaich nas soirbheachaile le cothroman do dh'Alba air fad soirbheachadh tro bhith a' cur ri sunnd, agus ri fàs eaconamach seasmhach agus in-ghabhalach	'S e comann-sòisealta a th' annainn a tha a' dèiligeadh ri ar sluagh le caoimhneas, urram agus co-fhaireachdainn, a' toirt spèis do riaghladh an lagha, agus a tha ag obair ann an dòigh a tha fosgailte agus follaiseach

AR LUACHAN BUILEAN NÀISEANTA			
Còraichean daonna	☒	Clann	☒
Cultar	☒	Coimhearsnachdan	☒
Àrainneachd	☐	Bochdainn	☒
Slàinte	☐	Eadar-nàiseanta	☐
Foghlam	☒	Eaconamaidh	☒
Gnothachasan soirbheachail is ùr-ghnàthach	☒		

5.6	**Buaidhean air Cliù**
	Tha oifigearan Bhòrd na Gàidhlig agus oifigearan Comhairle na h-Eaglaise Brice air a bhith ag obair còmhla gus am plana seo a chur ri chèile gu soirbheachail. Bidh seo a' neartachadh cliù Bhòrd na Gàidhlig le bhith a' dearbhadh cho cudromach 's a tha co-obrachadh agus le bhith a' dearbhadh buaidh nam planaichean reachdail ann a bhith a' cur air adhart na Gàidhlig ann an Alba.
5.7	**Buaidhean air Slàinte is Sàbhailteachd**
	Chan eil buaidh ann.
5.8	**Buaidhean Laghail**
	Tha am plana reachdail seo a' tighinn fo sgèith Achd na Gàidhlig (Alba) 2005.
5.9	**Buaidhean air Co-ionannas**
	Chan eil buaidh dìreach air co-ionannas tro na planaichean seo ach bidh oifigearan a' Bhùird a' cumail sùil air cùisean co-ionannachd mar phàirt den phròiseas dearcnachaidh ann an co-bhonn le Comhairle na h-Eaglaise Brice

Falkirk Council
DRAFT GAELIC LANGUAGE PLAN 2020 - 2025

This plan has been prepared under Section 3 of the Gaelic Language (Scotland) Act 2005 and was approved by Bòrd na Gàidhlig on *[insert date]* 202.

FOREWORD

Falkirk Council recognises the importance of preserving and supporting the expansion of Gaelic language across the authority as well as supporting the development of Gaelic at a national level. Our 2020- 2025 plan outlines our areas of development over the next five years and our commitment to promote and support Gaelic, recognising it as an official language of Scotland.

Whilst our local Gaelic community is relatively small, we have several active Gaelic organisations that we support to enhance Gaelic culture and language across the Falkirk area. Organisations such as Fèis Fhoirt offer our communities access to high quality Gaelic music and culture, through the learning of Gaelic song and traditional instruments. The work of our community organisations along with Gaelic learning in our schools offers quality experiences and opportunities for all to learn and participate in Gaelic programmes.

Over the next five years we will strive to enhance the status of Gaelic, promote the acquisition and learning of Gaelic and encourage the increased use of Gaelic. This will be delivered in partnership with our local Gaelic organisations and supported by our national partners.

Kenneth Lawrie
Chief Executive

Contents

Summary

Chapter 1 Introduction

- **Description of the public authority**
- **Gaelic in the authority's area of operation**
- **Approval of our Gaelic Language Plan**

Chapter 2 Core Commitments

- **Identity**
- **Communications**
- **Publications**
- **Staffing**

Chapter 3 Policy Implications for Gaelic: implementing the National Plan for Gaelic

- **Language Acquisition**
- **Language Usage**
- **Language Status**
- **Language Corpus**

Chapter 4 Implementation and Monitoring

Contact Details

Summary

Falkirk Council recognises that Gaelic is an integral part of Scotland's heritage, national identity and cultural life. Falkirk Council is committed to the objectives set out in the *National Plan for Gaelic* and has put in place the necessary structures and initiatives to ensure that Gaelic has a sustainable future in Scotland.

Falkirk Council recognises that the position of Gaelic is extremely fragile and if Gaelic is to be revitalised as a living language in Scotland, a concerted effort on the part of government, the public and private sectors, community organisations and individual speakers is required to:

- *enhance the status of Gaelic;*
- *promote the acquisition and learning of Gaelic;*
- *encourage the increased use of Gaelic.*

This is the second iteration of Falkirk Council's Gaelic Language Plan prepared within the framework of the Gaelic Language (Scotland) Act 2005. It sets out how we will use Gaelic in the operation of our functions, how we will enable the use of Gaelic when communicating with the public and key partners, and how we will promote and develop Gaelic.

Falkirk Council's Gaelic Language Plan has been prepared in accordance with statutory criteria set out in the 2005 Act, and having regard to the *National Plan for Gaelic* and the *Guidance on the Development of Gaelic Language Plans*.

Structure of the Gaelic Language Plan

The key components of our Gaelic Language Plan are:

Chapter 1 – Introduction

This chapter provides the background and context relating to the preparation of Gaelic Language Plans under the 2005 Act and the structure of Falkirk Council's main areas of operation. It also provides a summary of the demography of the Gaelic language.

Chapter 2 – Core Commitments

This chapter sets out how Falkirk Council will use, and enable the use of Gaelic in relation to our main business functions. It covers key areas of operation such as corporate identity, signage, communication with the public and the use of Gaelic on our website. This chapter sets out *the basic minimum level* of Gaelic language provision to which we are committed to providing in the lifetime of the Plan.

Chapter 3 – Policy Implications for Gaelic: implementing the National Plan for Gaelic

This chapter sets out how Falkirk Council will help implement the *National Plan for Gaelic*. It also shows how we intend promoting the use of Gaelic in service planning and delivery. This chapter also considers how we will take account of Gaelic and our Gaelic Language Plan when drafting new policies and considering new strategies.

Chapter 4 – Implementation and Monitoring

This chapter sets out how the implementation of our Gaelic Language Plan will be taken forward, and how implementation and outcomes will be monitored.

Seisean Fosgailte

Cuspair 4.1 PT1

CHAPTER 1 - INTRODUCTION

Setting the Context for Developing Gaelic Language Plans

The Gaelic Language (Scotland) Act 2005 and the issuing of a notice:

The Gaelic Language (Scotland) Act 2005 was passed by the Scottish Parliament with a view to securing the status of the Gaelic language as an official language of Scotland commanding equal respect to the English language.

One of the key features of the 2005 Act is the provision enabling Bòrd na Gàidhlig to require public bodies to prepare Gaelic Language Plans. This provision was designed to ensure that the public sector in Scotland plays its part in creating a sustainable future for Gaelic by raising its status and profile and creating practical opportunities for its use.

Consultation on a draft Gaelic Plan:

The 2005 Act requires public bodies to bring the preparation of its Gaelic Language Plan to the attention of all interested parties. Falkirk Council used our online consultation platform, Citizen Space, to consult publicly on the draft Gaelic Language Plan using Citizen Space. The draft Gaelic Language Plan public consultation ran for 6 weeks from the 20th April - 4th June 2018 and has taken into account representations made to it during the consultation process. A short report on the feedback from the consultation was submitted to Bòrd na Gàidhlig.

Approval of Falkirk Council's *Gaelic Language Plan:*

Falkirk Council's Gaelic Plan 2020 – 2025 was approved by Bòrd na Gàidhlig on XXXXXXXXXXXXX.

Seisean Fosgailte

Cuspair 4.1 PT1

Falkirk Council and the use of Gaelic within our area of operation

Falkirk Council is a unitary authority which provides all local government services for the Falkirk Council area. Covering 112 square miles, it has a population of 158,460 (2016) and extends from Banknock in the west to Blackness in the east and from South Alloa in the North as far as Limerigg in the South.

Our Corporate plan sets out what the Council and our services will seek to achieve for our area and communities over the coming five years. Our priorities are:

People
- Raising aspiration and ambition
- Reducing the impact of poverty on children and their families

Place
- Growing our economy
37	Eile	Àrd Sgoil Greenfaulds	Turas na Hearadh	Comar nan Allt	£2,500	Siorrachd Lannraig a Tuath
40	Eile	Fèis Rois	Fèis Rois @ Lorient	Dingwall	£10,000	A' Ghàidhealtachd
41	Eile	Àrd-sgoil Ulapuil	Turas a Leòdhas	Ulapuil	£1,000	A' Ghàidhealtachd
42	Eile	Bun-sgoil Chon-Dobharait	Seachdain na Gàidhlig	Comar nan Allt	£1,000	Siorrachd Lannraig a Tuath
203	Colmcille	Gairmscoil Chu Ulaidh	Turas dhan Phloc	Leifear	£5,400	Èirinn
209	Colmcille	Fèisean nan Gàidheal	Guth nan Gael	Inbhir Nis	£7,000	A' Ghàidhealtachd
213	Colmcille	Bun Sgoil Shlèite	Turas na Fèinne	Slèite	£7,000	A' Ghàidhealtachd
218	Colmcille	Bun Sgoil Bògha Mhòir	Turas Gàidhlig	Isle of Islay	£2,950	Earra-Ghàidheal is Bòd
501	Co-Ob	Comunn na Gàidhlig & Fèisean nan Gàidheal	Fèis Spòrs		£18,800	
503	Co-Ob	Ceòlas Uibhist & Comunn na Gàidhlig	Ionnsachadh Eadar-ghinealach ann an Uibhist	Uibhist a Deas	£12,000	Na h-Eileanan Siar
801	TB	Pàrant is Pàiste - Siorrachd Dhùn Bhreatann an Iar	Pàrant is Pàiste - Siorrachd Dhùn Bhreatann an Iar	Clydebank	£2,250	Siorrachd Dùn Bhreatainn an Iar
802	TB	Rionnagan Beaga Bishopbriggs	Rionnagan Beaga Bishopbriggs	Bishopbriggs	£2,970	Siorrachd Dùn Breatann an Ear
803	TB	Rionnagan Beaga Chomar nan Allt	Rionnagan Beaga Chomar nan Allt	Cumbernauld	£2,880	Siorrachd Lannraig a Tuath
804	TB	Pàrant is Pàiste Sruighlea	Pàrant is Pàiste Sruighlea	Stirling	£1,440	Sruighlea
806	TB	Cowal Gàidhlig Parent and Toddler	Cowal Gàidhlig Parent and Toddler	Cowal	£900	Earra-Ghàidheal is Bòd
807	TB	Cròileagan Obar Pheallaidh	Cròileagan Obar Pheallaidh	Aberfeldy	£980	Peairt & Ceann Rois
808	TB	Cròileagan Pheairt	Cròileagan Pheairt	Perth	£4,770	Peairt & Ceann Rois
809	TB	Fàs Mòr	Fàs Mòr	Slèite	£10,000	A' Ghàidhealtachd
810	TB	Bròg an Beaga Ulapuil	Bròg an Beaga Ulapuil	Ullapool	£580	A' Ghàidhealtachd
812	TB	Ceuman Beaga Inbhir Nis	Ceuman Beaga Inbhir Nis	Inbhir Nis	£2,160	A' Ghàidhealtachd
813	TB	Pàrant is Pàiste Phartaig	Pàrant is Pàiste Phartaig	Glasgow	£3,150	Glaschu
815	TB	Cròileagan Inbhir Pheofharain	Cròileagan Inbhir Pheofharain	Dingwall	£5,670	A' Ghàidhealtachd
816	TB	Casan Beaga Bhaile Dhubhthaich	Casan Beaga Bhaile Dhubhthaich	Tain	£1,220	A' Ghàidhealtachd
817	TB	Barra Children's Centre	Barra Children's Centre	Castlebay	£2,160	Na h-Eileanan Siar
818	TB	Feasgar Math Playgroup Nairn	Feasgar Math Playgroup Nairn	Nairn	£1,120	A' Ghàidhealtachd
819	TB	Bogha-frois Ìle	Bogha-frois Ìle	Bogha Mòr	£1,026	Earra-Ghàidheal is Bòd
820	TB	Clann Trang Cille Bhrìde an Ear	Clann Trang Cille Bhrìde an Ear	East Kilbride	£900	Siorrachd Lannraig a Deas
821	TB	Cròileagan an Ath Leathainn	Cròileagan an Ath Leathainn	Isle of Skye	£4,140	A' Ghàidhealtachd
823	TB	Rionnagan Beaga & Cròileagan Dùn Bheagain	Rionnagan Beaga & Cròileagan Dùn Bheagain	Dùn Bheagain	£3,600	A' Ghàidhealtachd
824	TB	Little Genius Gaelic Toddlers	Little Genius Gaelic Toddlers	Greenock	£3,060	Inbhir Chluaidh
825	TB	Drumnadrochit Ceuman Beaga	Drumnadrochit Ceuman Beaga	Drumnadrochit	£1,800	A' Ghàidhealtachd
826	TB	Cròileagan Grianach	Cròileagan Grianach	Fort William	£6,250	A' Ghàidhealtachd
827	TB	An Cearcall	An Cearcall	Acharacle	£1,170	A' Ghàidhealtachd
828	TB	Mathain Beaga	Mathain Beaga	Glasgow	£3,780	Glaschu
829	TB	Cròileagan a' Chaolais	Cròileagan a' Chaolais	Invershin	£1,080	A' Ghàidhealtachd
831	TB	Croileagan & Rionnagan Beaga Phort Rìgh	Croileagan & Rionnagan Beaga Phort Rìgh	Isle of Skye	£14,670	A' Ghàidhealtachd
832	TB	Buidheann Pàisdean Inbhir Narainn	Buidheann Pàisdean Inbhir Narainn	Nairn	£4,410	A' Ghàidhealtachd
833	TB	Oban Toy Cupboard	Oban Toy Cupboard	Oban	£3,690	Earra-Ghàidheal is Bòd
835	TB	Rionnagan Beaga Inbhir Theòrsa	Rionnagan Beaga Inbhir Theòrsa	Thurso	£900	A' Ghàidhealtachd
836	TB	Pàrant is Pàiste Obar Dheathain	Pàrant is Pàiste Obar Dheathain	Obar Dheathain	£4,950	Obar Dheathain
837	TB	Cròileagan Iseanan Beaga	Cròileagan Iseanan Beaga	Airdrie	£2,430	Siorrachd Lannraig a Tuath
839	TB	Lochcarron 0-5 Gaelic Group	Lochcarron 0-5 Gaelic Group	Lochcarron	£1,300	A' Ghàidhealtachd
840	TB	North Ayrshire Gaelic Baby & Toddler Group	North Ayrshire Gaelic Baby & Toddler Group	West Kilbride	£4,500	Siorrachd Àir a Tuath
841	TB	Casan Beaga Fìobha	Casan Beaga Fìobha	Fìobha	£2,970	Fìobha
3004	GLAIF	Comhairle nan Eilean Siar	Iomairtean Bliadhna 1	Stornoway	£93,500	Na h-Eileanan Siar
3005	GLAIF	Comhairle Earra Ghàidheal 's Bhòid	Iomairtean Bliadhna 1	Lochgilphead	£33,700	Earra-Ghàidheal is Bòd
3006	GLAIF	Comhairle Baile Ghlaschu	Iomairtean Bliadhna 1	Glasgow	£15,300	Glaschu
3007	GLAIF	Comhairle Baile Dhùn Èideann	Iomairtean Bliadhna 1	Edinburgh	£15,300	Dùn Èideann
3013	GLAIF	Comhairle nan Eilean Siar	Sgeama Greis Gnìomhachais	Steòrnabhagh	£10,800	Na h-Eileanan Siar
3015	GLAIF	Comhairle nan Eilean Siar	Air an Rathad	Steòrnabhagh	£2,500	Na h-Eileanan Siar
3018	GLAIF	Comhairle Pheairt is Cheann Rois	Immersion activities	Perth	£2,600	Peairt & Ceann Rois
3020	GLAIF	Comhairle Dhùn Bhreatainn an Ear	Meadowburn Primary School - Enhancement of Early Years provision	Kirkintilloch	£12,000	Siorrachd Dùn Breatann an Ear

Còd	Sgeama	Buidheann	Phròiseact	Baile	Taic BnG	Sgìre Ionadail
3021	GLAIF	Comhairle Dhùn Bhreatainn an Ear	Meadowburn Primary School - Early Years Support Worker	Kirkintilloch	£8,000	Siorrachd Dùn Breatann an Ear
3026	GLAIF	Comhairle na Gàidhealtachd	Birth to Three Strategic Partnership	Inbhir Nis	£45,000	A' Ghàidhealtachd
3027	GLAIF	Comhairle na Gàidhealtachd	Club Spòrs Bun-Sgoil Ghàidhlig Loch Abar	Inbhir Nis	£7,000	A' Ghàidhealtachd
3028	GLAIF	Comhairle na Gàidhealtachd	Cur-seachadan Taobh a' Muigh na Sgoile	Inbhir Nis	£4,650	A' Ghàidhealtachd
3030	GLAIF	Comhairle na Gàidhealtachd	Gàidhlig airson Teaghlaich	Inbhir Nis	£5,000	A' Ghàidhealtachd
3033	GLAIF	Comhairle na Gàidhealtachd	Mòd Academy Initiative 2	Inbhir Nis	£9,000	A' Ghàidhealtachd
3034	GLAIF	Comhairle na Gàidhealtachd	Prògram Taic BSGP	Inbhir Nis	£6,000	A' Ghàidhealtachd
3035	GLAIF	Comhairle na Gàidhealtachd	Cas-Cheum	Inbhir Nis	£5,000	A' Ghàidhealtachd
3036	GLAIF	Comhairle na Gàidhealtachd	Gaelic Sports Leadership	Inbhir Nis	£4,000	A' Ghàidhealtachd
3037	GLAIF	Leasachadh Sgilean na h-Alba	Gaelic Digital Content and Resources	Inverness	£5,000	A' Ghàidhealtachd
3044	GLAIF	Sabhal Mòr Ostaig	Tachartasan Dheugairean	Slèite	£10,000	A' Ghàidhealtachd
3052	GLAIF	Leabharlann nan Eilean Siar / CNES	Faclan Òg & Faclan Òga a Dèas	Steòrnabhagh	£5,000	Na h-Eileanan Siar
3060	GLAIF	Comhairle nan Eilean Siar	Preantasachd/Trainee Gaelic Development	Steòrnabhagh	£17,600	Na h-Eileanan Siar
3076	GLAIF	Glaschu Beò	Gaelic Learning and Engagement at the MOD 2019	Glasgow	£1,400	Glaschu
3079	GLAIF	Comhairle Earra-Ghàidheal is Bòd	Furan Gaelic Centre	Oban	£13,400	Earra-Ghàidheal is Bòd
3084	GLAIF	Comhairle Siorrachd Dhùn Bhreatann an Iar	Develop Programmes of Extra Curricular Activities	Glasgow	£2,700	Siorrachd Dùn Bhreatainn an Iar
4002	TFC	Àrd Sgoil Seumas Ghilleasbuig	Turas dhan Eilean Sgitheanach	Edinburgh	£3,000	Dùn Èideann
4009	TFC	An Comunn Gàidhealach - Meur Loch Abar	Club a' Mhòid	An Gearasdan/Fort William	£1,650	A' Ghàidhealtachd
4010	TFC	Fèis Dùn Bhreatainn an Iar	Latha na Gàidhlig	Dumbarton	£660	Siorrachd Dùn Bhreatainn an Iar
4012	TFC	Fèis na h-Òige	Fèis na h-Òige	Inverness	£5,000	A' Ghàidhealtachd
4016	TFC	Fèis a' Bhaile	Fèis a' Bhaile Gaelic Drama & Fèis Bheag	Inverness	£2,300	A' Ghàidhealtachd
4028	TFC	Dochas Dancers	Activity and Dance Workshops in Gaelic	Barraigh	£2,500	Na h-Eileanan Siar
4030	TFC	Àrd-sgoil Ghreenfaulds	Cultar Beò ann am Flòdaigearraidh	Comar nan Allt	£3,000	Siorrachd Lannraig a Tuath
4039	TFC	Buidheann Dràma Àrdsgoil Greenfaulds	Buidheann Dràma Àrdsgoil Greenfaulds	Cumbernauld	£2,000	Siorrachd Lannraig a Tuath
4040	TFC	Mòd Àird nam Murchan	Gaelic Tuition	By Fort William	£920	A' Ghàidhealtachd
4041	TFC	Comunn nam Parant Obar Dheathain	Comunn nam Parant Obar Dheathain	Newmachar	£5,000	Obar Dheathain
4042	TFC	Toy Cupboard Oban	Increase use of Gaelic at home	Oban	£360	Earra-Ghàidheal is Bòd
4044	TFC	Comunn Gàidhealach Mhuile	Comunn Gàidhealach Mhuile	Isle of Mull	£2,000	Earra-Ghàidheal is Bòd
4045	TFC	Coisir Òg Loch Alainn	Coisir Òg Loch Alainn - Mòd Club	Morvern	£2,000	A' Ghàidhealtachd
4048	TFC	Fèis an Earraich	Fèis an Earraich aig Jugendfestwochewewelsburg	Breacais	£1,000	A' Ghàidhealtachd
4049	TFC	Sradagan Shlèite	Sradagan Shlèite 2019/20	Slèite	£2,400	A' Ghàidhealtachd
4051	TFC	Urras Dìleab an t-Siorraidh	Dileab aig Deas	Stèornabhagh	£760	Na h-Eileanan Siar
4054	TFC	Bun Sgoil Gàidhlig Loch Abar Parent Council	Family Learning Lochaber	Caol	£3,400	A' Ghàidhealtachd
4056	TFC	Falkirk Junior Gaelic Choir	Summer School Workshops & Creche facilities	Airdrie	£600	Siorrachd Lannraig a Tuath
4057	TFC	Tiree Community Development Trust	Gaelic Development Officer	Tiree	£5,000	Earra-Ghàidheal is Bòd
4061	TFC	Daoine Òga Lannraig a' Tuath	Can 's gluais!	Airdrie	£3,100	Siorrachd Lannraig a Tuath
4062	TFC	Comhairle nan Leabhraichean	Leugh is Seinn le Linda air Chuairt	Glaschu	£2,000	Glaschu
4064	TFC	Comann nam Pàrant Ghlaschu	Teaghlaichean a'cleachadh Gàidhlig ri cheile	Glasgow	£2,500	Glaschu
4066	TFC	Fèis Ghàidhlig Ghlaschu	Fèis Ghàidhlig Ghlaschu	Glasgow	£500	Glaschu
4069	TFC	Acadamaidh Allt a' Mhuilinn	Cur-seachadan airson luchd-ionnsachaidh	Inverness	£800	A' Ghàidhealtachd
4070	TFC	Buidheann Disathairne	Buidheann Disathairne	Glasgow	£5,000	Glaschu
4071	TFC	Fèis na h-Apainne	Fèis na h-Apainne	Argyll	£950	Earra-Ghàidheal is Bòd
4072	TFC	Fèis Air an Oir	Fèis Week	By Thurso	£1,400	A' Ghàidhealtachd
4077	TFC	Knockengorroch CIC	In Gaelic in Galloway	Edinburgh	£500	Dùn Èideann
4078	TFC	Comunn na Gàidhlig (Glaschu)	Cluba Sreap Samhraidh	Glasgow	£1,300	Glaschu
4080	TFC	Fèis Dhùn Èideann	Gràisg	Edinburgh	£2,900	Dùn Èideann
4082	TFC	Fèis Taigh Dhonnchaidh	Mòd Club	Nis	£2,000	Na h-Eileanan Siar
4084	TFC	Àrd-sgoil Phort Rìgh	Òg nar cridhe	Port Rìgh	£3,300	A' Ghàidhealtachd
4086	TFC	Sgoil Ghaidhlig Ghlaschu	An-dè, an-diugh 's a-màireach	Glaschu	£2,500	Glaschu
4090	TFC	ArtsPlay Highland	Music Matters	North Kessock	£4,200	A' Ghàidhealtachd
4092	TFC	Clann Thròndairnis	Clann Thròndairnis	Stafainn	£2,800	A' Ghàidhealtachd
4094	TFC	Comunn Gàidhealach an Òbain	Mòd Acadamaidh an Òbain	Oban	£2,000	Earra-Ghàidheal is Bòd

Seisean Fosgailte
Cuspair 4.3

BÒRD NA GÀIDHLIG	**A' freagairt ri**	A' Chomataidh Poileasaidh is Ghoireasan
	Ceann-latha na Coinneimh	09/06/2020
	Àite:	Aig astar
	Nì a' chlàr-ghnothaich	4.3

Tiotal a' Phàipeir	Buaidh air phròiseactan a gheibh taic BnG ri linn COVID-19	
Moladh do Bhuill	Airson fiosrachadh	
Neach-labhairt:	Steven Kellow, Oifigear Maoineachaidh is Phròiseactan	
Air ullachadh le:	Steven Kellow, Oifigear Maoineachaidh is Phròiseactan	
Cùrsa Riaghlaidh airson na h-Aithris	**Ceann-latha na Coinneimh**	**Seòrsachadh na h-Aithris**
An Sgioba-stiùiridh	26/05/2020	Airson fiosrachaidh
Pàipearan-taice air a cheangal ris	Chan eil	

1	**Adhbhar**
1.1	A' toirt fiosrachadh fa-near do bhuill na Comataidh mun bhuaidh aig COVID-19 air obair bhuidhnean a tha air am maoineachadh, agus mu na gnìomhan a tha oifigearan a' Bhùird a' gabhail gus a' bhuaidh sin a lasachadh.
2.	**Cùl-fhiosrachadh**
2.1	Thòisich cuingealachaidhean COVID-19 anns an Rìoghachd Aonaichte air an 16mh den Mhàrt, agus bhon uair sin tha iad air a bhith air an teannachadh gus a bheil e neo-cheadaichte cuid de thachartasan is phròiseactan a tha am Bòrd a mhaoineachadh a ruith.
2.2	Chuir oifigearan a' Bhùird fios a-mach gu poblach air 17mh den Mhàirt a thaobh poileasaidh gus taic a chumail ri buidhnean leis na cosgaisean aca ma thèid tachartasan a chur air ais no a chur dheth air sgàth COVID-19.
2.3	Anns na litrichean-tabhainn do na bhuidhnean lìbhrigidh com-pàirteach, thuirt an Ceannard: *"'S e am prìomh amas againn aig an ìre seo leantainn leis na sruthan-maoineachaidh againn gus seasmhachd a thoirt do bhuidhnean, chan ann dìreach sa gheàrr-ùine an-dràsta, ach le sùil dhan ath-shlànachadh meadhan agus fad-ùine."*
2.4	A' leantainn pròiseas àbhaisteach, thathar air aithisgean adhartais fhaighinn bhon mhòr-chuid de na buidhnean lìbhrigidh com-pàirteach agus air coinneamhan a chumail leis a' mhòr-chuid dhiubh gus an suidheachadh aca a thuigsinn agus gus daingneachadh dè an taic as fheàrr a bhiodh a dhìth orra. Chaidh suirbhidh a sgaoileadh do na bhuidhnean seo cuideachd airson am beachdan fhaighinn.
2.5	Tha obair àbhaisteach airson tabhartasan air leantainn, le sgeama taic-airgid GLAIF air a ruith is cùmhnantan Taic Freumhan Coimhearsnachd is Colmcille air sgaoileadh is na sgeamaichean air tighinn gu ceann aig tòiseach na bliadhna, is thathar air a bhith sireadh aithisgean deireannach airson phròiseactan 2019/20, nam measg tabhartasan nan tràth-bhliadhnaichean is tabhartasan foghlaim.
3.	**Prìomh Aithris/Fiosrachadh**
3.1	Tha COVID-19 air buaidh mhòr a thoirt air obair na Gàidhlig. Leis nach eil e comasach do dhaoine tighinn cruinn còmhla air sgàth chuingealachaidhean, chaidh iomadh diofar phròiseact no tachartas a chur air ais no air a chur dheth gu tur.
3.2	Tha a' bhuaidh seo air a bhith fad is farsaing air diofar phròiseactan aig diofar ìrean, bho na com-pàirteachasan lìbhrigidh chun nam buidhnean coimhearsnachd aig Taic Freumhan Coimhearsnachd.

3.3 Cha bhi a' bhuaidh mu dheireadh aig seo follaiseach gus am bi pròiseactan 2019/20 is 2020/21 uile air tighinn gu crìch, ach tha am pàipear seo a' toirt iomradh air an t-suidheachadh aig an ìre seo agus mar a tha diofar bhuidhnean is oifigearan a' Bhùird a' dèiligeadh ri seo gus a' bhuaidh as fheàrr fhaighinn dhan Ghàidhlig is an luach as fheàrr fhaighinn airson an airgid phoblaich.

3.4 **Buidhnean Lìbhrigidh Com-pàirteach**
Tha conaltradh cunbhalach air a bhith ann leis na buidhnean lìbhrigidh com-pàirteach gus dearbhadh a bheil iad ann an suidheachadh far an urrainn dhaibh an taic-airgid aca fhaighinn. Tha seo air a bhith a' gabhail a-steach coinneamhan, suirbhidh a chaidh a-mach chun nam buidhnean agus aithisgean adhartais.

3.5 Fhuair na buidhnean uile (seach Stòrlann Nàiseanta na Gàidhlig, is iad feitheamh ri aonta Bòrd-stiùiridh Bhòrd na Gàidhlig air atharraichean sa chùmhnant aca) cùmhnant taic-airgid ùr tràth sa Ghiblean 2020 airson na bliadhna seo, is sinn a' toirt iomradh air suidheachadh COVID-19 anns an litir-tabhainn. Fhuair a' mhòr-chuid de na buidhnean a' chiad chuibhreann taic-airgid aca airson na bliadhna gu ruige seo.

3.6 Chan eil ach glè bheag de na buidhnean air luchd-obrach a chur air fòrladh, is tha iad seo ann an suidheachaidhean far nach eil obair aca ri dhèanamh no nach eil e comasach dhaibh an obair aca a dhèanamh.

3.7 Tha na buidhnean aig a bheil luchd-obrach a tha mar as àbhaist ag obair sa choimhearsnachd (gu sònraichte Comunn na Gàidhlig is Fèisean nan Gàidheal) a-nis air a dhol an sàs anns an iomairt a dh'fhoillsich am Bòrd "#cleachdiaigantaigh" gus òigridh gu sònraichte a bhrosnachadh gus Gàidhlig a chleachdadh aig an taigh. Tha seo air gabhail a-steach iomadh diofar bhidio is seisean beò airson daoine òga, is deagh fhios air tighinn air ais bho phàrantan gu bheil na seiseanan a' dèanamh feum.

3.8 Tha cuid eile, leithid Ainmean-Àite na h-Alba is Faclair na Gàidhlig, an dùil cumail orra leis an obair aca mar as àbhaist, is dòighean-obrach stèidhichte aca mar-thà airson obair aig astar.

3.9 San fharsaingeachd, tha na buidhnean cinnteach gu leòr aig an ìre seo gu bheil iomhas gu leòr gus an cumail sàbhailte sa gheàrr-ùine ach tha cuid gu mòr an eisimeil taic-airgid a' tighinn a-steach ri linn tachartasan (leithid A' Chomuinn Ghàidhealaich) agus teachd-a-steach coimearsalta (leithid Comhairle nan Leabhraichean, Acair is Ionad Chaluim Chille Ìle), is mar sin tha cunnart ann leis na buidhnean seo gum bi buaidh nas miosa orrasan ma tha cuingealachaidhean air gluasad/cruinneachadh maireachdainn.

3.10 Tha mòran dhiubh air draghan a thogail le sùil air adhart air na bliadhnaichean ri teachd is coltas gum bi gearraidhean ann an ionmhas poblach a-rithist, is air a' bhuaidh a dh'fhaodadh a bhith air sporan leasachaidh na Gàidhlig, is mar sin air na buidseatan aca fhèin.

3.11 **GLAIF**
Tha buidhnean poblach agus ùghdarrasan ionadail air a bhith aig teas-meadhan obair na dùthcha ann a bhith cur taic ri dhaoine ri linn suidheachadh COVID-19. Mar sin, chaidh iomadh pròiseact GLAIF 2019/20 a chur air ais air sgàth 's nach eil e comasach an ruith aig an ìre seo. Tha oifigearan a' Bhùird air obrachadh còmhla ri oifigearan nan ùghdarrasan seo gus tomhas a dhèanamh leotha air cuin a thèid an obair a choileanadh agus mura tèid, dè an t-atharrachadh anns na suimeannan airgead a bhios a dhìth.

3.12 Coltach ri obair nam buidhnean lìbhrigidh com-pàirteach, tha pròiseactan eadar-dhealaichte air gabhail ri suidheachadh COVID-19 ann an dòighean eadar-dhealaichte, le cuid fhathast a' ruith mar a bha iad, cuid a' ruith air-loidhne, is cuid air am bi dàil no a bhios air an cur dheth.

3.13	Chaidh an sgeama taic-airgid GLAIF a ruith agus 's e a' bhuaidh a bu mhotha nach robh an uiread de dh'iarrtasan ann am-bliadhna sa b' àbhaist gu ruige seo, ach gun tug a' Bhòrd sùbailteachd do bhuidhnean gus iarrtasan a chur a-steach air dheireadh.
3.14	Am measg iarrtasan GLAIF 2020/21, bha a' chuid as motha dhiubh a' toirt iomradh air suidheachadh COVID-19 is cuid dhiubh ag amas gu sònraichte air seirbheisean a lìbhrigeadh air-loidhne an àite aghaidh-ri-aghaidh air sgàth seo. Tha cuid ann a bha mothachail air a' bhuaidh a bhiodh air na tachartasan aca, agus cuid ann nach robh. Mar seo, bidh obair aig oifigearan mar phàirt de bhith cur chùmhnantan air dòigh a bhith a' dearbhadh gu bheil e follaiseach mar a bhios am pròiseact air an lìbhrigeadh ma tha cuingleachaidhean ann fhathast ri linn COVID-19 agus mar a thèid aca air an obair a choileanadh.
3.15	**Pròiseactan coimhearsnachd** Am measg nam pròiseactan coimhearsnachd tha buaidh nas fharsainge air a bhith ann air comasan phròiseactan a' ruith, is a mhòr-chuid seo ann gus daoine a tharraing còmhla aghaidh-ri-aghaidh, is sin do-dhèanta an-dràsta.
3.16	Tha cuid de bhuidhnean air obair a dhèanamh ge-tà gus na pròiseactan aca a lìbhrigeadh air-loidhne, mar eisimpleir: tha cuid de na clasaichean Gàidhlig a tha am Bòrd a' maoineachadh tro Thaic Freumhan Coimhearsnachd air clasaichean a chumail air Zoom no a leithid; seiseanan Acadamaidh a' Mhòid aig diofar meuran a' Chomunn Ghàidhealaich a bhith air an sruthadh beò.
3.17	**Freagairtean Bòrd na Gàidhlig ri COVID-19** Tha oifigearan a' Bhùird air feuchainn ri sùbailteachd sam bith a tha a dhìth a thoirt do bhuidhnean gus an urrainn dhaibh an obair aca a choileanadh, ach leis a' phrionnsapal gum bi taic-airgid againn airson obair Gàidhlig a choileanadh cho faisg air na rudan a chaidh a shònrachadh sa chùmhnant taic-airgid 's a ghabhas.
3.18	Airson cuid de na pròiseactan a th' ann tro sgeamaichean taic-airgid, thathar air sìneadh a thabhann do bhuidhnean gus na pròiseact aca a chrìochnachadh, no ma chaidh aontachadh ri taic-airgid airson pròiseact 2020 a ruith is iad gun tòiseachadh air, chaidh an cothrom a thabhann dhaibh am pròiseact a lìbhrigeadh an ath bhliadhna na àite.
3.19	Thathar an dùil le Maoin Taic COVID gum bi seo a' toirt taic do dhiofar bhuidhnean gus cothrom a ghabhail gus leasachadh a dhèanamh leis an luchd-obrach no san obair aca, gus am bi iad ann an suidheachadh nas fheàrr às dèidh do chuingealachaidhean ri linn COVID-19 a chrìochnachadh.
4.	**Moladh**
4.1	Thathar ag iarraidh air buill na Comataidh am fiosrachadh sa phàipear a toirt fa-near dhaibh.
5.	**Prìomh Bhuaidhean Ro-innleachdach**
5.1	**Buaidhean air Ionmhas**
5.1.1	Rinn COVID-19 agus cuingealachaidhean gluasad/cruinneachaidh cron mòr air tachartasan is pròiseactan a tha Bòrd na Gàidhlig a' maoineachadh, agus mar sin chaidh cuid de thachartasan a chur air ais (cuid co-dhiù dhan ath bhliadhna), agus chaidh cuid eile a chur dheth uile-gu-lèir.
5.1.2	Nuair a tha tachartasan air an cur air ais, bidh oifigearan a' Bhùird ag atharrachadh na pròifil pàighidh airson nan tachartasan seo gus am bi an cuibhreann taic-airgid mu dheireadh a' dol thuca as dèidh aithisg dheireannaich a' phròiseict. Mar sin, tha cuid de na gealltanasan a bha ann airson 2020/21 gu bhith gluasad gu 2021/22, a' ciallachadh gum bi barrachd airgead aig a' Bhòrd ri chosg sa bhliadhna-ionmhais seo.

5.1.3	Nuair a tha tachartasan air an cur dheth uile-gu-lèir, bidh oifigearan a' Bhùird ag obair leis na daoine a bha a' stiùireadh nam pròiseactan gus am bi taic-airgid a' Bhùird ann airson cosgaisean a bha air am pàigheadh, ach gun till airgead nach deach a chosg dhan Bhòrd. A-rithist, bidh seo a' ciallachadh gu bheil airgead a bharrachd aig a' Bhòrd airson a chosg.
5.1.4	Leis an airgead a tha Riaghaltas na Rìoghachd Aonaichte is Riaghaltas na h-Alba a' cosg an-dràsta, tha draghan ann gun tèid gearraidhean a dhèanamh ann an ionmhas poblach a-rithist gus na fiachan seo a phàigheadh, agus mar sin tha cunnart ann nach bi an uimhir de dh'airgead aig Bòrd na Gàidhlig, is saoghal na Ghàidhlig san fharsaingeachd, san àm ri teachd mur eil iomairt làidir ann airson a dhìon.
5.2	**Buaidhean air Luchd-obrach**
	Chan eil gin ann.
5.3	**Buaidhean air Trèanadh**
	Chan eil gin ann.
5.4	**Ceanglaichean ri Amasan Ro-innleachadh agus Corporra**
5.4.1	San fharsaingeachd, leis nach bi an uiread de phròiseactan is tachartasan ann am-bliadhna air sgàth COVID-19, bidh sin a' ciallachadh nach tèid an aon uiread de gnìomhan a' Phlana Chorporra a choileanadh leis na buidhnean a tha sinn a' maoineachadh.
5.5	**Ceanglaichean ris an Fhrèam-obrach Coileanaidh Nàiseanta**

AR N-ADHBHAR	AR LUACHAN
Fòcas air a bhith a' cruthachadh dùthaich nas soirbheachaile le cothroman do dh'Alba air fad soirbheachadh tro bhith a' cur ri sunnd, agus ri fàs eaconamach seasmhach agus in-ghabhalach	'S e comann-sòisealta a th' annainn a tha a' dèiligeadh ri ar sluagh le caoimhneas, urram agus co-fhaireachdainn, a' toirt spèis do riaghladh an lagha, agus a tha ag obair ann an dòigh a tha fosgailte agus follaiseach

AR LUACHAN BUILEAN NÀISEANTA			
Còraichean daonna	☐	Clann	☒
Cultar	☒	Coimhearsnachdan	☒
Àrainneachd	☒	Bochdainn	☒
Slàinte	☒	Eadar-nàiseanta	☒
Foghlam	☒	Eaconamaidh	☒
Gnothachasan soirbheachail is ùr-ghnàthach			☒

5.6	**Buaidhean air Cliù**
5.6.1	Tha a' mhòr-chuid de bhuidhnean lìbhrigidh com-pàirteach aig Bòrd na Gàidhlig gu mòr an eisimeil taic-airgid a' Bhùird, agus mar sin tha e cudromach dhan Bhòrd na buidhnean a dhìon is a chuideachadh gu h-èifeachdach gus am bi iad seasmhach agus nach tèid iad agus na seirbheisean aca a chall.
5.7	**Buaidhean air Slàinte is Sàbhailteachd**
	Chan eil gin ann
5.8	**Buaidhean Laghail**
	Chan eil gin ann.
5.9	**Buaidhean air Co-ionannachd**
	Chan eil gin ann.

Seisean Fosgailte
Cuspair 5.1

A' freagairt ri	A' Chomataidh Poileasaidh is Ghoireasan
Ceann-latha na Coinneimh	09.06.20
Àite:	Air-loidhne
Nì a' Chlàir-ghnothaich	5.1

Tiotal a' Phàipeir	Ionnsachadh na Gàidhlig – ùrachadh	
Moladh do Bhuill	Airson fiosrachadh *	
Neach labhairt:	JM Whannel	
Cùrsa Riaghlachais airson na h-Aithris	**Ceann-latha na Coinneimh**	**Seòrsachadh na h-Aithris**
Sgioba-stiùiridh	26/05/2020	Airson fiosrachadh
Pàipear-taice air a cheangal ris	Chan eil	

1.0	**Adhbhar**
1.1	Gus am fiosrachadh as ùire a thoirt do Bhuill na Comataidh air adhartas air grunn chuspairean co-cheangailte ri ionnsachadh na Gàidhlig.
2.0	**Cùl-fhiosrachadh**
2.1	Tha COVID-19 a' toirt dhùbhlain a bharrachd do sgiobaidhean nan oifigearan aig Ùghdarrasan Ionadail agus do bhuidhnean nàiseanta. Tha am fiosrachadh san aithisg seo a' coimhead air an t-suidheachadh mar a bha e air 25.05.20. Bheir Stiùiriche an Fhoghlaim Gàidhlig ùrachadh beòil eile dhan Chomataidh aig a' choinneimh air 9.06.20 (a' coimhead air atharrachaidhean seachdaineil ann an suidheachaidhean co-cheangailte ri Ùghdarrasan Ionadail, sgoiltean agus buidhnean foghlaim).
3.0	**Prìomh Aithris/Fiosrachadh**
3.1	➢ **Learn Gaelic agus Ionnsachadh Inbhich** • Tha conaltradh leantainneach a' dol air adhart le sgioba LearnGaelic a' gabhail a-steach conaltradh air cùrsa nàiseanta do luchd-ionnsachaidh agus mapadh coileanta de na cothroman ionnsachaidh Gàidhlig do dh'inbhich. Tha coinneamh nàiseanta aig LearnGaelic gu bhith ann san Ògmhios 2020. • Tha sinn air còmhraidhean a thòiseachadh leis an Oilthigh Fhosgailte mu bhith a' cruthachadh cùrsa Gàidhlig air-loidhne an-asgaidh coltach ris a' chùrsa luchd-tòiseachaidh sa Chuimris. Tha sinn an dòchas gum bi seo ri fhaighinn as t-Earrach 2021. Bidh seo a' crochadh air an Oilthigh Fhosgailte a bhith a' dèanamh tagradh soirbheachail airson taic maoineachaidh bhon Bhòrd (a bharrachd air goireasan bhon Oilthigh Fhosgailte airson a' phròiseict). • Tha pròg̀ram Duolingo fhathast ga leasachadh le barrachd air 300k a-nis a' gabhail pàirt ann. ➢ **Bogadh do Luchd-teagaisg** • Tha sinn a' leantainn oirnn ag obair gu dìreach leis na solaraichean ainmichte (Oilthigh Ghlaschu/SMO/Colaiste a' Chaisteil), le Ùghdarrasan Ionadail agus le GLAN gus taic a thoirt do thagraidhean airson maoineachadh, sa chuairt maoineachaidh a tha a-nis fosgailte. • Tha sinn an dùil gum bi tagraidhean airson taic maoineachaidh air an dearbhadh ro dheireadh a' Chèitein 2020 ach leis na dùbhlain mhòra a tha mu choinneamh sgiobaidhean oifigearan aig na h-Ùghdarrasan Ionadail, feuchaidh sinn ri bhith cho sùbailte 's a ghabhas.

Seisean Fosgailte
Cuspair 5.1

- **Teisteanas Teagaisg a Bharrachd sa Ghàidhlig**
  Tha Stiùiriche an Fhoghlaim a' toirt taic do sgioba Oilthigh Shrath Chluaidh le cruthachadh a' chùrsa. Tha sinn a' cur choinneamhan air dòigh le Baile Ghlaschu agus leis an GTCS (Ògmhios 2020) an-dràsta gus leantainn air adhart le obair leasachaidh air a' phròiseact. Tha Earra-Ghàidheal is Bòd air ùidh a nochdadh cuideachd agus bheir sinn fiosrachadh tòiseachail do GhLAN (cha tachair coinneamh GLAN 5.06 mar a bha dùil agus tha sinn a-nis a' feitheamh ri fios mu na bhios a' tachairt na h-àite).

- **Leasachadh na h-Ìre as Àirde**
  - Mar a chaidh a chomharrachadh gu h-àrd, chaidh fiosrachadh a thoirt seachad do ADES a thaobh Planadh Àrd-sgoile FtG anns a' chiad fios ùrachadh aig a' Bhòrd do ADES. Chaidh aontachadh gun rachadh seo a chuairteachadh gu ADES ro dheireadh a' Chèitein 2020. Thèid fiosrachadh agus taic a bharrachd a thoirt do GhLAN (faic an nòta gu h-àrd). A bharrachd air seo, chaidh Planadh FtG aig ìre na h-Àrd-sgoile a dheasbad le co-bhanntachd Caidreachas a' Chinn a Tuath (sa Mhàrt 2020).

- **Tràth-bhliadhnaichean**
  - **Tabhartasan Foghlaim 2020/ 21**: Tha an sgeama maoineachaidh seo a-nis fosgailte gu 16 Iuchar 2020 agus tha e fosgailte do thagraidhean bho bhuidhnean saor-thoileach Gàidhlig sna tràth-bhliadhnaichean.
  - **Toolkit nan Tràth-bhliadhnaichean:** Tha fiosrachadh agus stiùireadh airson buidhnean Tràth-ionnsachaidh 0-3 deiseil agus tha an Sgioba Foghlaim ag obair còmhla ris an Oifigear Conaltraidh gus fios naidheachd agus bogadh a chur air dòigh san Ògmhios 2020. Tha fiosrachadh san toolkit mu bhuidhnean Gàidhlig saor-thoileach sna tràth-bhliadhnaichean mu:
  - A bhith a' stèidheachadh agus a' ruith buidheann tràth-bhliadhnaichean
  - Dleastanasan na Comataidh
  - A' trusadh luchd-obrach
  - An t-Alltan Beag 2020: Leis gum bi An t-Alltan a' tachairt air-loidhne ann an 2020, tha Bòrd na Gàidhlig air còmhraidhean a thòiseachadh le Stòrlann Nàiseanta na Gàidhlig gus faighinn a-mach dè an trèanadh a bhios ann airson Roinn Tràth-bhliadhnaichean na Gàidhlig am-bliadhna agus ciamar a thèid a thoirt seachad.

- **Trusadh agus Taic Luchd-teagaisg**
  Tabhartasan Foghlaim 2020/21*:* Tha an sgeama maoineachaidh seo a-nis fosgailte gu 4 Sultain 2020. Bidh a' mhaoin seo a' cumail taic ri:
    - Oileanaich ITE (iar-cheumnach agus fo-cheumnach)
    - Oileanaich a' dèanamh Chùrsaichean Tràth-ionnsachaidh is Cùram-chloinne
    - Luchd-teagaisg a tha air am fastadh ann an dreuchd co-cheangailte ri foghlam tro mheadhan na Gàidhlig a tha airson cùrsa a dhèanamh gus na sgilean aca a thoirt air adhart no luchd-teagaisg teisteanaichte a tha airson an cuid sgilean a leasachadh gus gluasad a-steach gu foghlam tro mheadhan na Gàidhlig

  Co-labhairt an Luchd-teagaisg ùr-theisteanaichte - Air-loidhne: Thèid a' cho-labhairt seo a chumail tro Microsoft Teams air 25/26 Cèitean agus a-rithist air 1/2 Ògmhios. Tha 42 clàraichte gus pàirt a ghabhail thairis air an 2 sheisean (seo am figear air 25.05). Thèid fiosrachadh a thoirt seachad le:
    - Bòrd na Gàidhlig
    - Kieran MacAonghais, Ceannard Bun-sgoil Ghàidhlig Loch Abar
    - Alison NicRàth, Neach-teagaisg Gàidhlig, Àrd-sgoil Uallais, Sruighlea
    - Stòrlann Nàiseanta na Gàidhlig – Goireasan gràmair

  Bidh cothrom air ceistean agus deasbadan cuideachd.

Seisean Fosgailte
Cuspair 5.1

Probhadh do Luchd-teagaisg ùr-theisteanaichte 2020/21
Thug Bòrd na Gàidhlig beachdan do Riaghaltas na h-Alba mu riarachadh luchd-probhaidh 2020/21 aig toiseach a' Ghiblein 2020. Cho luath 's a thèid an riarachadh a dhearbhadh, leis an dà chuid NQTan agus Ùghdarrasan Ionadail, foillsichidh Bòrd na Gàidhlig fios naidheachd. Chaidh bruidhinn ris an Oifigear Conaltraidh mu dheidhinn seo mar-thà.

➢ **Obair com-pàirteachaidh le Comann nam Pàrant**
- Tha Bòrd na Gàidhlig agus Comann nam Pàrant ag obair còmhla air plana obrach gus cothroman a lorg is a chomharrachadh airson com-pàirteachadh phàrantan, gu sònraichte fhad 's a tha na cuingealachaidhean COVID-19 fhathast ann. Coinneamh tòiseachail le Magaidh Wentworth 22/05/2020.
- Cha bhi e comasach a' choinneamh san Lùnastal le Comann nam Pàrant, buidhnean Gàidhlig agus Foghlam a chumail mar a bha dùil ach tha sinn a-nis ann an còmhraidhean le Comann nam Pàrant air mar as urrainnear seo a thoirt air adhart san eadar-ama.

4.0	**Moladh**
4.1	Gun tèid fiosrachadh a bharrachd a thoirt dhan chomataidh air na cùisean anns a' phàipear seo aig an ath choinneimh.
5.0	**Prìomh Bhuaidhean Ro-innleachdach**
5.1	**Buaidhean air Ionmhas**
	Cha bhi buaidh ann
5.2	**Buaidhean air Luchd-obrach**
	Cha bhi buaidh ann
5.3	**Buaidhean air Trèanadh**
	Cha bhi buaidh ann
5.4	**Ceanglaichean ri Amasan Ro-innleachadh agus Corporra**
	Amas Chorporra 2 – Gum bi barrachd chothroman ann do dhaoine aig aois sam bith na sgilean Gàidhlig aca a thoirt air adhart agus gum bi e nas fhasa dhaibh na cothroman sin a ghabhail.

AR N-ADHBHAR	AR LUACHAN
Fòcas air a bhith a' cruthachadh dùthaich nas soirbheachaile le cothroman do dh'Alba air fad soirbheachadh tro bhith a' cur ri sunnd, agus ri fàs eaconamach seasmhach agus in-ghabhalach	'S e comann-sòisealta a th' annainn a tha a' dèiligeadh ri ar sluagh le caoimhneas, urram agus co-fhaireachdainn, a' toirt spèis do riaghladh an lagha, agus a tha ag obair ann an dòigh a tha fosgailte agus follaiseach

AR LUACHAN BUILEAN NÀISEANTA			
Còraichean daonna	☐	Clann	☒
Cultar	☐	Coimhearsnachdan	☒
Àrainneachd	☐	Bochdainn	☐
Slàinte	☐	Eadar-nàiseanta	☐
Foghlam	☒	Eaconamaidh	☐
Gnothachasan soirbheachail is ùr-ghnàthach			☐

5.5	**Buaidhean air Cliù**
	Cha bhi buaidh ann
5.6	**Buaidhean air Slàinte is Sàbhailteachd**
	Cha bhi buaidh ann
5.7	**Buaidhean Laghail**
	Cha bhi buaidh ann

Seisean Fosgailte
Cuspair 6.1

A' freagairt ri	A' Chomataidh Poileasaidh is Goireasan
Ceann-latha na Coinneimh	09/06/2020
Àite:	Air-loidhne
Nì a' Chlàir-ghnothaich	6.1

Tiotal a' Phàipeir	Ro-innleachd ICT	
Moladh do Bhuill	Airson fiosrachadh*	
Neach labhairt:	Louise NicIlleathain, Manaidsear Gnìomhan	
Cùrsa Riaghlachais airson na h-Aithris	**Ceann-latha na Coinneimh**	**Seòrsachadh na h-Aithris**
Sgioba-stiùiridh	27/05/2020	Ri Aontachadh
Pàipear-taice air a cheangal ris		

1.0	**Adhbhar**
1.1	Tha am pàipear seo airson fios a chumail ris a' Chomataidh air ro-innleachd ICT.
2.0	**Cùl-fhiosrachadh**
3.0	**Prìomh Aithris/Fiosrachadh**
3.1	Chaidh co-dhùnadh a dhèanamh o chionn fhada gum biodh e feumail ro-innleachd ICT a bhith aig a' bhuidhinn. Thòisich Tecnica, companaidh a tha a' lìbhrigeadh seirbhis taice dhuinn a bhith ga sgrìobhadh ach tha dàil air a bhith ann le bhith a' gluasad cùisean air adhart.
3.2	A dh'aindheoin sin, tha e soilleir gu bheil tòrr adhartais air a bhith againn a thaobh ICT oir bha e comasach dhuinn a bhith a' gluasad a-mach às na h-oifisean agus sinn uile a bhith ag obair bhon taigh taobh a-staigh latha. A bharrachd air sin, tha sinn air a bhith a' cumail nan siostaman riaghlaidh a' dol mar bu chòir agus chaidh a' chiad coinneamh den bhòrd-stiùiridh a chumail air-loidhne gu poblach, leis na buill is na h-oifigearan sgapte air feadh na h-Alba.
3.3	Thèid buidheann-fòcais le oifigearan aig a bheil ùidh no dleastanas a thaobh ICT a chur air bhonn gus an dreachd a thoirt dhan ath ìre agus thathar ag amas gun tig an dreachd mu dheireadh dhan Chomataidh as t-Fhoghair.
4.0	**Moladh**
4.1	Aire a thoirt don fhiosrachadh seo.
5.0	**Prìomh Bhuaidhean Ro-innleachdach**
5.1	**Buaidhean air Ionmhas**
	Chan eil buaidh ionmhais ann.
5.2	**Buaidhean air Luchd-obrach**
	Chan eil buaidh aig an aithisg seo air luchd-obrach.

Seisean Fosgailte
Cuspair 6.1

5.3	**Buaidhean air Trèanadh**
	Chan eil buaidh aig an aithisg seo air trèanadh.
5.4	**Ceanglaichean ri Amasan Ro-innleachadh agus Corporra**
	Tha am fiosrachadh seo a' cur ris an amas chorporra gun cùm Bòrd na Gàidhlig air a' leasachadh nan dòighean-obrach aige.
5.5	**Ceanglaichean ris an Fhrèam-obrach Coileanaidh Nàiseanta**

AR N-ADHBHAR		AR LUACHAN	
Fòcas air a bhith a' cruthachadh dùthaich nas soirbheachaile le cothroman do dh'Alba air fad soirbheachadh tro bhith a' cur ri sunnd, agus ri fàs eaconamach seasmhach agus in-ghabhalach		'S e comann-sòisealta a th' annainn a tha a' dèiligeadh ri ar sluagh le caoimhneas, urram agus co-fhaireachdainn, a' toirt spèis do riaghladh an lagha, agus a tha ag obair ann an dòigh a tha fosgailte agus follaiseach	
AR LUACHAN BUILEAN NÀISEANTA			
Còraichean daonna	☐	Clann	☐
Cultar	☐	Coimhearsnachdan	☐
Àrainneachd	☐	Bochdainn	☐
Slàinte	☐	Eadar-nàiseanta	☐
Foghlam	☐	Eaconamaidh	☐
Gnothachasan soirbheachail is ùr-ghnàthach	☒		

5.6	**Buaidhean air Cliù**
	-
5.6	**Buaidhean air Slàinte is Sàbhailteachd**
	-
5.7	**Buaidhean Laghail**
	-
5.8	**Buaidhean air Co-ionannas**
	-

Seisean Fosgailte
Cuspair 6.2

A' freagairt ri	A' Chomataidh Poileasaidh is Goireasan
Ceann-latha na Coinneimh	09/06/2020
Àite:	Air-loidhne
Nì a' Chlàir-ghnothaich	6.2

Tiotal a' Phàipeir	Suirbhidh Luchd-obrach	
Moladh do Bhuill	Airson fiosrachadh*	
Neach labhairt:	Louise NicIlleathain, Manaidsear Gnìomhan	
Cùrsa Riaghlachais airson na h-Aithris	**Ceann-latha na Coinneimh**	**Seòrsachadh na h-Aithris**
Sgioba-stiùiridh	27/05/2020	Ri Aontachadh
Pàipear-taice air a cheangal ris	-	

1.0	**Adhbhar**
1.1	Tha am pàipear seo airson fios a chumail ris a' Chomataidh air cùisean daonna.
2.0	**Cùl-fhiosrachadh**
2.1	Tha suirbhidh luchd-obrach feumail airson beachdan luchd-obrach a thrusadh ann an dòigh anns nach gabh duine sam bith aithneachadh agus gus tomhas a dhèanamh air diofar rudan a tha a' bualadh air dòighean-obrach, slàinte is morale an sgioba.
3.0	**Prìomh Aithris/Fiosrachadh**
3.1	'S e seo an treasamh bliadhna a tha Bòrd na Gàidhlig air suirbhidh luchd-obrach a ruith. Dh'fhosgail an suirbhidh air-loidhne air 29/04/2020 is dhùin e air 13/05/2020. Mar a thachair an-uiridh is a' bhon-uiridh tha buidheann TKM Consulting a' tarraing an fhiosrachaidh ri chèile.
3.2	Aig an ìre seo, chan eil am fiosrachadh air dàta ri fhaighinn ach thathas an dùil gum bi na h-àireamhan againn airson coinneamh na Comataidh.
3.3	Às dèidh sin, bidh aithisg shlàn a' tighinn bho TKM Consulting is thig an aithisg seo dhan Chomataidh aig an ath choinneimh.
4.0	**Moladh**
4.1	Aire a thoirt don fhiosrachadh seo.
5.0	**Prìomh Bhuaidhean Ro-innleachdach**
5.1	**Buaidhean air Ionmhas**
	Chan eil buaidh ionmhais ann.
5.2	**Buaidhean air Luchd-obrach**
	Bidh na toraidhean a bhios a' nochdadh san aithisg às an t-suirbhidh a' bualadh air cùisean sgiobachd.

Seisean Fosgailte
Cuspair 6.2

5.3	**Buaidhean air Trèanadh**
	Chan eil buaidh aig an aithisg seo air trèanadh.
5.4	**Ceanglaichean ri Amasan Ro-innleachadh agus Corporra**
	Tha am fiosrachadh seo a' cur ris an amas chorporra gun cùm Bòrd na Gàidhlig air a' leasachadh nan dòighean-obrach aige.
5.5	**Ceanglaichean ris an Fhrèam-obrach Coileanaidh Nàiseanta**

AR N-ADHBHAR	AR LUACHAN
Fòcas air a bhith a' cruthachadh dùthaich nas soirbheachaile le cothroman do dh'Alba air fad soirbheachadh tro bhith a' cur ri sunnd, agus ri fàs eaconamach seasmhach agus in-ghabhalach	'S e comann-sòisealta a th' annainn a tha a' dèiligeadh ri ar sluagh le caoimhneas, urram agus co-fhaireachdainn, a' toirt spèis do riaghladh an lagha, agus a tha ag obair ann an dòigh a tha fosgailte agus follaiseach

AR LUACHAN BUILEAN NÀISEANTA			
Còraichean daonna	☐	Clann	☐
Cultar	☐	Coimhearsnachdan	☐
Àrainneachd	☐	Bochdainn	☐
Slàinte	☐	Eadar-nàiseanta	☐
Foghlam	☐	Eaconamaidh	☐
Gnothachasan soirbheachail is ùr-ghnàthach	☒		

5.6	**Buaidhean air Cliù**
	-
5.6	**Buaidhean air Slàinte is Sàbhailteachd**
	-
5.7	**Buaidhean Laghail**
	-
5.8	**Buaidhean air Co-ionannas**
	-

Seisean Fosgailte
Cuspair 7

A' CHOMATAIDH POILEASAIDH IS GHOIREASAN
Plana Obrach 2020/21 (@09/06/2020)

	MÌOS	Gear 2020	Màrt 2020	Gibl 2020	Cèit 2020	Ògmh 2020	Iuch 2020	Lùn 2020	Sult 2020	Dàmh 2020	Samh 2020	Dùbh 2020	Faoi 2021	Gear 2021
Ceann-latha Coinneamh na Comataidh				**21/04**		**09/06**				**27/10**				**02/02**
A h-uile Coinneamh Puingean Stèidhichte	Cùisean Tòiseachaidh / Fàilte													
	Geàrr-chunntas na Coinneimh mu Dheireadh													
	Clàr Ghnìomhan													
	Sùil air a' Phlana Obrach			√		√				√				√
Deagh Riaghladh	Poileasaidhean Daonna			√		√				√				√
	Suirbhidh luchd-obrach					√								
	Ro-Innleachd ICT					√								
	Ùrachadh Bun-Riaghailtean na Comataidh			√										√
	Dàta daonna			√										
	Slàinte is Sàbhailteachd			√										
	Aithisg Bhliadhnail					√								
	Sgrùdadh Ràitheil den Phlana Gnìomh 2021			√		√				√				√
Ionmhas	Aithisg Ràitheil air Ionmhas			√		√				√				√
	Tabhartasan eadar £15,000 agus £39,999			√		√				√				√
	Plana ionmhais meadhan-ùine			√										√
	Buidseat bliadhnail													√
Cleachdadh	Planaichean Gàidhlig			√		√				√				√
	Amasan Àrd-ìre			√		√				√				√
	Adhartas nam prìomh bhuidhnean lìbhrigidh													√
	Molaidhean taic-airgid nam prìomh bhuidhnean													√
	Adhartas le cuir an gnìomh nam planaichean					√								
Ionnsachadh	Àireamhan foghlam – clann is inbhich									√				
	Àireamhan luchd-teagaisg ùra			√		√								
	Adhartas air ro-innleachd foghlaim àrd-sgoile			√						√				√
	Adhartas air a' Trusadh agus a' Glèidheadh luchd-teagaisg			√										√
Puingean Ad Hoc	Buaidh bho thaic BnG air obair òigridh			√		√								